

A' Tarraing Gàidheil Ghlinne Garraidh Bho Thobair *Mhic-Talla*

Le Tealsaidh Nic a' Phearsain

Tràchdas a chuireadh a-steach gus pàirt den cheum Baidealar Ealaine

le urram a choileanadh ann an Ceiltis



Oilthigh Naoimh Fransaidh Xavier


Baile Mòr, Alba Nuadh

An Giblean 2021


The undersigned have examined a thesis entitled

**A' Tarraing Gàidheil Ghlinne Garraidh Bho Thobair *Mhic-Talla*
by Chelsey MacPherson**

a candidate for the degree of Bachelor of Arts with Honours in Celtic Studies and hereby certify that it is worthy of acceptance.

Advisor: 
Michael Linkletter, Dept of Celtic Studies

28 April 2021
Date

Second
Reader: 
Ranke de Vries, Dept of Celtic Studies

Date

Dearbhadh Mèirle-Sgrìobhaidh

Tha mi, Tealsaidh Nic a' Phearsain, a' gabhail ris gu onarach nach d' rinn mi fhìn mèirle-sgrìobhaidh fhad 's a sgrìobh mi an tràchdas seo.

Ceann-latha: 8mh latha dhen Chèitean, 2021.

Clàr-Innse

Ro-Ràdh	3
Caibideil 1: Mac-Talla is Gàidheil Ghlinne Garraidh	9
1.1 <i>Mac-Talla: na làithean tràtha is luchd-sgrìobhaidh.....</i>	9
1.2 <i>Sgrìobhadairean bho Ghleanna Garradh.....</i>	11
1.3 <i>“Iadsan a Phàigh”: luchd-gabhail bho Ghleanna Garradh.....</i>	18
Bòrd 1.1: Luchd-Gabhail bho Ghleanna Garradh	18
Bòrd 1.2: Luchd-Gabhail bho “Greater Glengarry”	21
Càirt 1.1. Luchd-Gabhail anns na Ceithir Roinnean de Ghleanna Garradh	22
Caibideil 2: Mac-Talla mar ghoireasan foghlaim is còir na Gàidhlig san t-siorramachd.....	23
2.1: <i>Brìgh Mhic-Talla do na Gàidheil.....</i>	23
2.2: <i>Beachdan air Mac-Talla a bh’ aig Gàidheil Ghlinne Garraidh.....</i>	24
2.3: <i>Còir na Gàidhlig ann an Gleanna Garradh aig àm Mhic-Talla</i>	27
2.4: <i>Ionadan àrd-fhoghlaim a’ toirt urram don Ghàidhlig.....</i>	37
Caibideil 3: “Clanna nan Gàidheal an Guailibh ri Chèile”	41
3.1: <i>Càirdeas is dàimhean ann am Mac-Talla.....</i>	41
3.2: <i>Càirdeas is dàimhean de Ghàidheil Ghlinne Garraidh ann am Mac-Talla.....</i>	43
3.3: <i>Dàimhean eadar eaglaisean, teaghlaichean, is àitichean cèine.....</i>	49
Caibideil 4: Na chuir iad gu Mac-Talla: dùthchas Gàidheil Ghlinne Garraidh	52
4.1: <i>Brìgh dhaoine às na sgrìobh iad.....</i>	52
4.2: <i>Sinnsireachd agus aoigheachd: a’ leantainn dlùth ri cliù an sinnsearan.</i>	52
4.3: <i>Àiteachas: “Cuir do earbsa san talamh—cha d’ fhàg e falamh riamh thu”</i>	61
4.4: <i>Iomraidhean mìlidheach dùthchasachd agus iomraidhean mìlidheach os-bhoileach.....</i>	63
Caibideil 5: Co-dhùnadh	67
Clàr-Leabhraichean.....	70

Ro-Ràdh

Cha mhòr nach robh Siorramachd Ghlinne Garraidh, ann an ceàrn taobh an ear a dh'Ontario, air a suidheachadh le Gàidheil. Lorgar an t-siorramachd seo le gleannanan beaga is, aig aon àm, coilltean dlùtha de chraobhan-mhalpais, chnotha-ime, is ghiùthais ri taobh crìochan Québec (bhon ear), Siorramachd Prescott (bho thuath), Siorramachd Stormont (bhon iar), agus uisgeachan dubh-gorm Abhainn Naoimh Lawrence bhon deas. Mu 1784 às dèidh Armach nan Geangach (1775-1783), thugadh fearann do dhaoine a bha dìleas don rìgh: na saighdearan Gàidhealach bho Rèisimid Shir Iain Johnson is Shiùbhlachain Iain Bhutleir. Thàinig iomadh dhiubh gu Aimeireaga roimhe sin, air an luing am *Pearl* ann an 1773, bho Ghleanna Garradh ann an Albainn, agus mar sin thug iad an t-aon ainm sin air an t-siorramachd gus gleann an dùthchais a chomharrachadh. Bhrosnaich an imrich sin grunn de dh'imrichean eile bho Albainn à: Cnòideart (1786); Gleann Mòireastan is Gleann Garradh (1785); Eige (1790); Gleann Garradh is Loch Airceig (1792); Gleann Eilg (1793); Cnòideart, Gleann Eilg, Loch Shiel, is Gleann Garradh (1802); Gleann Eilg, Cill Fhinn, agus A' Cheannmhor (1815); agus iomadh teaghlach fa leth gus na 1830an mu thuaiream.¹

Leis an urrad de Ghàidheil a bh' ann an Siorramachd Ghlinne Garraidh, cha robh amharas ann nach b' i coimhearsnachd Ghàidhealach a bh' innte. Nuair a rinn John Mactaggart (einnseanair-togalach do Riaghladh Bhreatainn) tadhal air Gleanna Garradh sa bhliadhna 1826, thuirt e, “Go not to Glengarry if you be not a Highlander.”² Bhiodh iad a' bruidhinn na Gàidhlig

¹ Airson nan imrichean faicibh Marianne McLean, *The People of Glengarry: Highlanders in Transition, 1745-1820* (Montreal: McGill-Queen's University Press, 1991), 84-93, 98-99, 116, 121, 123, 139, 156.

² John Mactaggart, *Three Years in Canada: An Account of the Actual State of the Country in 1826-7-8, Comprehending Its Resources, Productions, Improvements, and Capabilities, and Including Sketches of the State of Society, Advice to Emigrants, &c*, vol. 1, H. Colburn, 1829, 193.

is a' cumail suas cleachdaidhean bhon t-Seann Dùthaich far an do rugadh iad is far an d' rinn iad an àrach òg. Bha cultar nan Gàidheal làidir, daingeann san àm ud, ach bha i a' dol a dh'fhàs na bu làige san àm ri teachd aig ceann na naoidheamh linn deug is toiseach na ficheadamh linn deug. Ged nach eil guthan Gàidhlig air fhàgail san latha an-diugh bhon t-siorramachd,³ gheibhear seallaidhean bho inntinnean Gàidheil Ghlinne Garraidh ann an litreachas à seann phàipearan-naidheachd, òrain, is litrichean a chaidh fhoillseachadh aig ceann na naoidheamh linn deug is toiseach na ficheadamh linn deug. Aon dhe na stòrasan prìseil ud 's e *Mac-Talla* a th' ann, pàipear-naidheachd a thòisich Eòin G. MacFhionghain (1869-1944) air a cheann fhèin ann am Baile Shidni, Alba Nuadh.

Ruith an sàr-phaipear Gàidhealach sin, a dh'ainmich an t-Oll. Coinneach Nilsen "The jewel of Gaelic publishing in Canada", fad 12 bliadhna eadar 1892 agus 1904.⁴ San eadar-àm ud, chaidh grunn de litreachas fhoillseachadh bho phinn Gàidheil Ghlinne Garraidh, agus mar an ceudna, chaidh grunn de litreachas fhoillseachadh man dèidhinn cuideachd. San chorpas seo, chithear cò bh' ann ann an Gàidheil Ghlinne Garraidh aig an àm sin tro shùilean taobh a-staigh agus taobh a-muigh an tuath fhèin. 'S ann air an t-sealladh taobh a-staigh a tha an tràchdas seo a' dol a chur cuideam. Leis a bhith a' coimhead air a' chorpas (de bhàrdachd, òraidean, altan, litrichean, naidheachdan, sgeulachdan, agus aithisgean), gheibhear na smaoinich Gàidheil Ghlinne Garraidh orra fhèin, air Gàidheil eile, air a' Ghàidhlig, agus air an t-saoghal san fharsaingeachd.

³ Chaochail an duine mu dheireadh, ann an Gleanna Garradh aig an robh Gàidhlig bhon ghluin, fear Alastair MacDhòmhnail, ann an 2001.

⁴ Kenneth E. Nilsen, "A' Ghàidhlig an Canada: Scottish Gaelic in Canada," *The Edinburgh Companion to the Gaelic Language*, ed. Moray Watson and Michelle MacLeod (Edinburgh: Edinburgh University Press, 2009), 100.

Nuair a bheirear sùil air na sgrìobh iad ann am *Mac-Talla*, fàsaidh e gu math soilleir gun robh fèin-aithneachadh fa leth aca a-mach à daoine eile bho Ghleanna Garradh (mar na Frangais no luchd na Beurla) agus a-mach à Gàidheil eile ann an Aimeireaga a Tuath no ann an Albainn fhìn. Chithear bho na litrichean aig R. I. Grannd is Aonghas Mac'IlleMhaoil gun robh làn fhios aca air luach na Gàidhlig is an stàid chugallach anns an robh i. Chithear cuideachd gun do chuir Gàidheil Ghlinne Garraidh beum san litreachas aca air dùthchas, sinnsearachd, aoigheachd, agus àiteachas. Bha fios aca càit agus cò às an tàinig iad, bha iad a' cumail suas an cleachdadh a bhith blàth-chridheach is fialaidh do an nàbaidhean, agus b' iadsan sìol de Ghàidheil àraichte a dh'fhiosraich saoghal diofraichte a-mach à Gàidheil eile air feadh an t-saoghal. Bha iad a' riochdachadh dhaoine a rinn euchdan comharraichte agus a dh'fhuiling suidheachaidhean sònraichte mar an dùthaich fhàgail, an t-siubhail thar sàile, is Aramach nan Geangach (1775-1783). Chithear cuideachd gun robh mìlidheach pàirt de fèin-aithneachadh aca, on a bha iad ann an iomadh cogadh. Bidh an diofar eadar iomraidhean mìlidheach dùthchasachd agus iomraidhean mìlidheach os-bhoileach fo dheasbad, agus thèid an cur an cèill. Agus mar a tha diofar cruth air na h-àitichean far an do shuidhich na Gàidheil air feadh an t-saoghail, cha b' urrainn do Gàidheil ach a bhith eadar-dhealaichte, mar an ceudna, a rèir far an deach iad.

Tha rannsachadh mun Ghàidhlig ann an Siorramachd Ghlinne Garraidh gann mar-tha. Cha robh na sgrìobh Gàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla* air an cruinneachadh san aon chorpas gu ruige seo;⁵ is mar sin, cha deach sgrùdadh a thoirt air na sgrìobh iad mar aon chorpas a-riamh roimhe. Tha trìuir luchd-rannsachaidh ann a thug fainear neo-dhìreach air cuid de litreachas a sgrìobh Gàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla*. Chaidh a' chiad rannsachadh

⁵ Chan eil an rannsachadh seo a' gabhail a-steach nan àireamhan de *Mhac-Talla* nach eil air an digiteachadh air làrach-lìn an t-Sabhail Mhòir Ostaig.

fhoillseadh ann an 1962 leis an Oll. Tèarlach Dunn, air an robh “Glengarry’s Gaelic Heritage.” San alt seo, dh’ainmich an t-Oll. Dunn dòrlach litreachais a sgrìobh Gàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla*, ach cha tug e an rannsachadh seo gu ceann-uidhe. Na fhaclan fhèin, dh’aithnich e gun robh barrachd rannsachaidh a dhìth air a’ chuspair sin:

The intangible oral culture which they transmitted must be collected. To fulfil this urgent need, all traces of printed or manuscript Gaelic writings extant in Glengarry, especially those originating in the county, must be gathered together; and the tenacious memories of those who still speak Gaelic must be ransacked by means of the tape-recorder.⁶

Chaidh an dàrna sgrùdadh fhoillseachadh ann an 1984 le Lachlann MacAonghais air an robh *Gleann-A-Garaidh Agus Gaidhlig Siar*. Mar a rinn Dunn, dh’ainmich MacAonghais dòrlach na sgrìobh Gàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla* ach cha do chuir e mìon-sgrùdadh air an litreachas. B’ ann le Mìcheal Newton a bha an treas sgrùdadh air air an robh *Seanchaidh na Coille Memory Keepers of the Forest: Anthology of Scottish Gaelic Literature of Canada* (2015). San leabhar seo far an tug e sùil farsaing air litreachas Gàidheil Chanadach, dh’fhoillsich Newton òran agus òraid bho Ghàidheil Ghlinne Garraidh a thàinig bho *Mhac-talla*, ach mar an ceudna, cha deach mìon-sgrùdadh orra. Dh’aidich Newton fhèin a’ phuing sin:

This volume exposes just the tip of the proverbial iceberg and I hope that it will inspire others to follow the trails I have discovered and pursue even further other texts which I have not been able to include [...] Others will no doubt build upon my efforts by improving my translations, augmenting information about the authors and contexts of the original texts, and offering new insights into these sources as literary and cultural expressions.⁷

⁶ Charles W. Dunn, “Glengarry’s Gaelic Heritage,” *The Dalhousie Review*, vol. 42, no. 2, (1962): 194.

⁷ Michael Newton, *Seanchaidh na Coille Memory-Keeper of the Forest: Anthology of Scottish Gaelic Literature of Canada*, (Sydney: Cape Breton University Press, 2015), 29.

'S e miann an tràchdais seo feòil a chur air na cnàmhan sin a dh'fhàg an t-Oll. Dunn, MacAonghais, agus Newton leis a bhith a' cur barrachd fiosrachaidh mum beathannan agus a' coimhead air na tha an litreachas seo ag innse dhuinn mu dhèidhinn Gàidheil Ghlinne Garraidh gus fèin-aithneachadh fa leth aca a chomharrachadh a-mach.

Tha bèarnan eile ann cuideachd ann an sealladh eachdraidheil de chòir na Gàidhlig bhon linn ud. Ann an 1979, sgrìobh Royce MacGilleBhràith is Eòghann Ros san leabhar aca *A*

History of Glengarry:

It is difficult to write the history of the prevalence and decline of Gaelic in our county because so little documentary evidence exists on the subject. Gaelic was mainly a spoken, not written language. It is therefore impossible to trace the receding tide of the language through the written sources which, in Glengarry, were mostly in English from the beginning. When we add up, as well as we can, the evidence for the use of Gaelic as a written language in Glengarry, it amounts to very little.⁸

'S e miann eile an tràchdais seo fianais anns a' Ghàidhlig a thairgse bho phinn Gàidheil Ghlinne Garraidh fhèin gus a bhith a' toirt barrachd dàta cànanachais is sealladh eachdraidheil nas fharsainghe, agus gus a bhith ag innse ciamar a bha an saoghal acasan aig an àm ud tro an sùilean fhèin.

Nòta no dhà a thaobh luaidhean agus ainmean Gàidhlig. Chaidh na luaidhean san aon chruth mar a nochd iad ann am *Mac-Talla*. Nan robh litir gu tùr ceàrr agus doirbh ri thuigsinn, chaidh a cur gu ceart ann an camagan ceàrnach. A' mhòr-chuid den àm, chaidh na h-ainmean pearsanta agus cinnidhean san aon chruth a lorgadh ann am *Mac-Talla*. Agus puing mu dheireadh a thaobh litreachais na siorramachd de chuspair an tràchdais seo: bidh mi ga

⁸ Royce MacGillivray agus Ewan Ross, *A History of Glengarry* (Belleville, Ont.: Mika Publishing Company, 1979), 275-6.

sgrìobhadh mar “Gleanna Garradh” le *a euphonic* agus *r* dùbailte on is i an dòigh-litreachaidh a chunnaic mi na bu thrice bho litreachas Gàidheil Ghlinne Garraidh.

Caibideil 1: *Mac-Talla* is Gàidheil Ghlinne Garraidh

1.1 *Mac-Talla*: na làithean tràtha is luchd-sgrìobhaidh

Thòisich Eòin G. MacFhionghain “Caraid nan Gàidheal Canadach”⁹ ris an oidhirp mhòir *Mac-Talla* fhoillseachadh sa Chèitean, 1892. Mar a sgrìobh MacFhionghain fhèin, cha robh am pàipear-naidheachd “ach gle bheag” san àm sin, dìreach ceithir duilleagan.¹⁰ Cha robh an uiread de luchd-gabhail aige mar a bha dhìth air bho thùs (bha e ag amas air còig ceud dhiubh), ach cha do chuir sin fo dhìobhail misnich e. Thòisich e co-dhiù le geallaidhean bho sgrìobhaidearan, litreachas a chur ris a’ phàipear-naidheachd, is bho leughadairean, barrachd luchd-gabhail fhaighinn.¹¹ Dh’fhàg e freastal *Mhic-Talla* nan uchdan mar a sgrìobh e fhèin, “Nis a chairdean, rinn sinne ’n uiread so, deanadh sibhs ’n coir.”¹²

Cha robh e fada gus an tàinig litrichean a-steach bho phinn shàr sgoilearan. Aon dhiubh, a bha gu math tràth ri fhreagairt, b’ e an t-Urr. Donnchadh Blàrach (1815-1893). San àireamh 11 Ògmhios 1892, bha e sgrìobhte gur b’ e “taitneach” leis fhaicinn “paipeir uir ann an Gàidhlig”, is bha e an dòchas “nach bi e na ni deacair coig ciod gabhaltaiche fhaotainn a ghabhas am *Mac-Talla*.”¹³ Chuir am Blàrach rosg is bàrdachd gu cunbhalch ris a’ phàipear-naidheachd fad

⁹ Thug Micheal Newton am far-ainm urramaichte seo air gus a bhith a’ riochachadh mar cho prìseil ’s a bha an obair a rinn e do Ghàidheil Chanadach ’s a bha an obair a rinn Tormad MacLeòid (1812-1872) “Caraid nan Gàidheal” do Ghàidheil Albannach. Faicibh Newton, *Seanchaidh na Coille*, v.

¹⁰ *Mac-Talla*, an Cèitean 1, 1892, vol. 1, no. 1, t.d. 2.

¹¹ Ibid.

¹² Ibid.

¹³ Donnchadh Blàrach, *Mac-Talla*, an t-Ògmhios 11, 1892, vol. 1, no. 3, t.d. 1.

bliadhna gus an do dh'fhàs e tinn san Ògmhios 1893. B' e an tinneas a thoirteadh anail mu dheireadh às a bh' ann.¹⁴ Bha uiread de sgoilearan eile ann a thug mòran taice do *Mhac-Talla* mar an t-Urr. Alasdair MacIlleathain Sinclair, Eilean a' Phrionnsa Ìomhair; an t-Urr. Iain MacRuairidh, an t-Eilean Sgitheanach; agus an t-Oll. Dòmhnall MacFhionghain, (a' chiad neach-cathrach de Roinn na Ceiltis ann an Oilthigh Dhùn Eideann).¹⁵ Chuireadh iad ri *Mac-Talla* eachdraidh, bàrdachd, òrain, is iomadh cùspair eile a bha taitneach is cudromach do na Gàidheil. Dh'fhàs a' phàipear-naidheachd gu ochd duilleagan na mheud san dàrna bliadhna ann an 1893.

Cha b' e na sgoilearan a-mhàin a bha a' cur ri *Mac-Talla*, ach sgrìobhadairean a thoirteadh aire air naidheachd ionadail is lathail cuideachd. Dhòmhlaidheadh *Mac-Talla* o chionn 's gun robh Gàidheil deònach air feadh an t-saoghail am pinn a bhogadh san dubh is na h-òrain, is na sgeulachdan, is naidheachdan a bh' aca a chur sìos, thairis air pàipear, a dh'ionnsaigh an fhir-dheasachaidh chòir ann am Baile Shidni. Sgrìobh daoine bho Ghàidhealtachd na h-Alba is bho gach cèarn is gach gleann far an d' rinn na Gàidheil in-imrich is às-imrich. Bha litrichean a' tighinn a-steach à Moosomin, Ranntairean an Iar-thuath (Saskatchewan an latha an-diugh); à Baile Dawson, Ranntair Yukon; à Pittsburgh, Dakota a Tuath; à Boston, Maine; à Port Chalmers, Sealainn Nuadh; à Brewarrina, Cuimrigh-a-Deas Nuadh, Àstrailia; à Àird nam Murchan, Alba; à Baile an Tobair, Eilean a' Phrionnsa Ìomhair; is à Margaree an Iar-Dheas, Ceap Breatann gus cuid dhiubh a dh'ainmeachadh.

¹⁴ Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain agus Micheal Linkletter, *Fògradh Fàisneachd, Filidheachd: An t-Urr. Donnchadh Blàrach (1815-1893) ann am Mac-Talla* (Sydney: Cape Breton University Press, 2013), 5.

¹⁵ Robert Dunbar, "Gaelic Periodicals and the maintenance and creation of networks: Evidence from the Eastern Canadian Gàidhealtachd," ann an *Lìontan Lìonmhor: Local, National and Global Gaelic Networks from the 18th to the 20th Century*, deasaichte le Michel Byrne agus Sheila M. Kidd (Celtic & Gaelic, University of Glasgow, 2019), 117.

1.2 Sgrìobhadairean bho Ghleanna Garradh

A' chiad duine bho Shiorramachd Ghlinne Garraidh a bha a' nochdadh ann an duilleagan *Mhic-Talla* mar sgrìobhadair, b' e Aonghas Mac'IlleMhaoil (1821-1909) a bh' ann, no "Aonghas Òg" mar a chanadh na h-eòlaich ris,¹⁶ bho Lagan, Kenyon Township, air 29 Iuchar 1893. Thàinig athair, "Dòmhnall a' Chogaidh," gu Gleanna Garradh ann an 1802 bho Ghleann Cingidh còmhla ri bhràthair "Alasdair am Bàrd".¹⁷ Bha Aonghas Òg ann an ciaradh a bheatha aig 71 bliadhna a dh'aois. Dh'innis e ri MacFhionghain gun do thachair e ri àireamh a' phàipeir-naidheachd "le tuiteamas."¹⁸ 'S dòcha gum faca e am pàipear a bha a nàbaidh, Iain Grannd, bho Lagan, no Ruairidh Moirestain, bho MhacCriomain (taobh tuath Lagain), a' gabhail on a bha iadsan na h-aon ghabhaltaichean a bha clàraichte bho Ghleanna Garradh aig an àm sin.¹⁹ Thug e dolar airson bliadhna de *Mhac-Talla* is a naidheachd dha, is dh'fhàg e a bheannachd le chàraid ùr, MacFhionghain.

Dh'fhoillsich *Mac-Talla* ceithir litrichean bho pheann Aonghais Òig is trì òrain a chur e thuca. B' ann le Alasdair am Bàrd (bràthair athar) a bha aon òran agus le Dòmhnall Moirestan

¹⁶ B' esan am pàiste na b' òige na theaghlach. Sa Bheurla b' e "Little Angus" a bh' air. Chan eil fianais ann dè bh' air mar fhar-ainm sa Ghàidhlig. Dh'fhaodadh gun robh e air ainmeachadh mar "Aongas Beag," ach airson an tràchdais seo, bidh e air ainmeachadh mar "Aonghas Òg." Faicibh Somerled MacMillan, *Bygone Lochaber* (Glasgow: K. & R. Davidson, Ltd., 1971), 87.

¹⁷ MacMillan, *Bygone Lochaber*, 87.

¹⁸ Aonghas Mac'IlleMhaoil, *Mac-Talla*, an t-Iuchar 29, 1893, vol. 2, no. 5, t.d. 3.

¹⁹ Faicibh "Daoine a Phaigh," *Mac-Talla*, an t-Iuchar 22, 1893, vol. 2, no. 4, t.d. 8.

(Dòmhnall Fìdhleir) a bha am fuigheall.²⁰ B' fhurasta chreidsinn gun deach litir a bharrachd fhoillseachadh bhuaithe fo fhar-ainm "Fear Naidheachd".²¹ Bha mu thuaiream 28 pìosan-naidheachd a' tighinn bho Ghleanna Garradh gun ùghdar. Cha b' iongnadh e ma thàinig feadhainn dhe na pìosan sin bho làimh Aonghais Òig cuideachd. Ged nach do chuir e uirid uamhasach mòr de litreachas a-steach, gu sònraichte an coimeas ris na sgrìobh Gàidheil eile mar Iain Mac'Illeasbuig à Priceville, Ontario, tha Aonghas Beag fhathast airidh air còmhrachadh mar fhear-naidheachd Ghlinne Garraidh on is esan a sgrìobh naidheachdan làitheil a bu chumanta na Gàidheil eile bho Ghleanna Garradh.

An dàrna fear bho Ghleanna Garradh, a rinn oidhirp sònraichte gus *Mac-Talla* a bhrosnachadh, b' e an t-Urr. Ruairidh MacLeòid (Ruairidh Dubh)²² à Dùn Bheagan, Kenyon Township. Bha e na mhinisteir aig sgìre Dhùn Bheagain eadar an Dùbhlachd 1890 gus an Fhaoilleach 1896.²³ Roimhe sin, bha e na shuidheachadh ann an sgìre Srath Latharna, Siorramachd Inbhir Nis, Ceap Breatann.²⁴ Às dèidh dha Dùn Bheagan fhàgail, bha e na

²⁰ Chaidh "Ach a Dhòmhuill mhic Iain Duinn," le Alasdair Mac'IlleMhaoil a dh'fhoillseachadh dà thuras ann am *Mac-Talla*. Faicibh Alasdair Mac'IlleMhaoil, "Ach a Dhomhnuil mhic Iain duinn," *Mac-Talla*, vol. 3, no. 26, t.d. 8; agus Alasdair Mac'IlleMhaoil, "Ach a Dhomh'ill Mine Iain Duinn," *Mac-Talla*, vol. 10, no. 29, t.d. 8; Airson nan òran le Dòmhnall Moireastan faicibh Dòmhnall Moireastan, "Sann fhuair mi sgeula na dunaich," *Mac-Talla*, Samhain 2, 1895, vol. 4, no. 17, t.d. 8; agus Dòmhnall Moireastan, "S lium as duilich mar thachair," *Mac-Talla*, an Gearran 23, 1895, vol. 3, no. 34, t.d. 8.

²¹ Faicibh "Gaidheil Ghlinn-Garaidh", *Mac-Talla*, Màrt 28, 1896, vol. 4, no. 38, t.d. 4.

²² Donald N. MacMillan, *The Kirk in Glengarry* (Ste-Anne de Bellevue: Imprimerie Coopérative Harpell, 1984), 230.

²³ MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 230.

²⁴ *Mac-Talla*, vol. 4, no. 33, t.d. 5.

mhinisteir fad greis ann an Siorramachd Huron, taobh a deas Ontario,²⁵ gus an do dh'imrich e air ais a dh'Albainn ann an 1900 a fhreagairt gairm an Eaglais Aonaichte a bha gann mhinisteirean Gàidhlig aig an àm ud. Far an robh e ann an Dùn Bheagan, Ontario, bha a' Ghàidhlig a bu làidire an sin na sgìre eile ann an Gleanna Garradh aig ceann na naoidheamh linn deug is toiseach na ficheadamh linn deug. Bha e sgrìobhte air cumhachan coisnidh na h-eaglais gun robh "Gaelic essential".²⁶ Bha seirbheisean Gàidhlig ann gach seachdain gus 1932, agus an uair sin gach mìos chun na bliadhna 1934 nuair a sguir iad à bith.²⁷ Theireadh gun do theich a' Ghàidhlig ann an Gleanna Garradh mar làn ìseal a' crionadh air falbh beag air bheag gu cùl Dhùn Bheagain.²⁸

Sa chiad litir a sgrìobh MacLeòid gu MacFhionghain air 11 Samhain 1893, thuirt e: "Tha naire orm nach robh mi le m' airgiod agus mo pheann gad chuideachadh fada roimh a so. Faodaidh a mach uaithe so gu'n dean mi suas an call ma bheirear an cothram dhomh."²⁹ Aig ceann na litreach, thairg e na leanas: "bheirinn cunntas dhuibh seachduin a deigh seachduin air turas thri miosan as thug mi do'n Ghaedhealtachd air an t-Samhradh a dh'fhalbh."³⁰ Ann an 1892, rinn e air Albainn a ghabhail pàirt san Àrd-Sheanadh den Eaglais Shaoir. Ghabh e sgrìob

²⁵ Ibid.

²⁶ MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 220.

²⁷ Ibid; agus MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 278.

²⁸ Lachlann MacAonghais, *Gleann-a-Garaidh agus Gaidhlig Siar*, 1984, 4.

²⁹ Ruairidh MacLeòid, "Fhir deasachaidh Mhic Talla," *Mac-Talla*, vol. 2, no. 19, t.d. 8.

³⁰ Ibid.

don Eilean Sgitheanach, do na Hearadh, is don Leòdhas às dèidh sin. Bha e cinnteach gum biodh an cunntas taitneach do dhaoine aig an robh meas air na h-àiteachan siud agus aig an robh “meas air soirbheachadh nan Eaglaisean Presbiterianach anns a Ghaidhealtachd.”³¹ Bha coltas ann bho na iomraidhean aige gun robh e min-eòlach air a’ Ghàidhealtachd is ma dh’fhaoidte gun do rugadh is thogadh e ann an Albainn.

Thàinig a chiad iomradh a-mach fo thiotal “Mo Thurus Do’n Ghaidhealtachd” air 17 Màrt 1893.³² Sgrìobh e 14 iomraidhean a bha, gach dhiubh, duilleag a dh’fhaide fa leth. Feumaidh ’s gun robh e na chuideachadh mhòr don phàipear-naidheachd gu sònraichte rè àm nam bliadhnaichean tràtha nuair a bha *Mac-Talla* òg (dìreach bliadhna no dhà a dh’aois). Chuir e crìoch air a sheanchas air 1 Sultain 1894, ach bhiodh e fhathast a’ cur litrichean gu *Mac-Talla* às dèidh sin. Thug MacFhionghain, air 1 Sultain 1894, iomradh air agus air na daoine eile a bha a’ cur taic ri *Mac-Talla*:

MA bhios ar càirdean gu math dhuinn air a bhliadhna so, bidh sùil againn ri bliadhna shoirbheachail, agus geallaidh sinn daibh leughach dhe gach seòrsa a’s fearr na chéile. Tha àireamh mhath de shàr sgrìobhadairean a cumail ris a MHAC-TALLA mar tha, agus tha dòchas againn gu’m bi tuilleadh a dol ris an àireamh. Tha an t-Urr A. Mac G. Sinclair gach seachdain a’ cumail òrain agus dàin riuthasan a tha deigheil air bàrdachd, agus cha b’ urrainn làmh na b’ fhearr a bhi ris. [...] Bi’dh sinn mar an ceudna cluinntinn o na h-Urr. Callum Caimbeul agus Ruairidh Mac Leòid, o Chabar Feidh, F. O. S., agus àireamh eile nach leig sinn a leas ainmeachadh an so, a tha uile ’nan deagh sgrìobhadairean. Le ’n cuideachadh-san agus le cuideachadh an luchd-gabhail uile, tha sinn an dòchas am MAC-TALLA a dheanamh air a bhliadhna so na’s fhearr na bha e riamh.³³

³¹ MacLeòid, “Fhir deasachaidh Mhic Talla,” 8.

³² Ruairidh MacLeòid, “Mo Thurus Do’n Ghaidhealtachd,” *Mac-Talla*, vol. 2, no. 34, t.d. 5.

³³ Eòin G. MacFhionghain, *Mac-Talla*, vol. 3, no. 9, t.d. 4.

Bha an litreachas, mar an fheadhainn coltach ris na cunntasan a chuir MacLeòid a-steach, cuideachail is feumail do *Mhac-Talla*, agus bha MacFhionghain taingeachd dhaibhsan a bha rin sgrìobhadh.

An ath-dhuine a bha a' sgrìobhadh gu *Mac-Talla* b' e an Dr. Dòmhnall MacDhiarmaid (1840-1910) à Baile nam Mac,³⁴ Kenyon Township. Rugadh e ann an Cill Fhinn, Siorrachd Pheairt, Alba, is dh'imrich e sa bhliadhna 1844 no 1845 còmhla ri phàrantan Gilleasbuig Mòr an Dròbhair is Màiri Donn gu Bràghad Albainn, Lochiel Township, is an uair sin gu Finch Township. Fhuair e ceum mar dhotair aig Oilthigh McGill ann an 1867. Às dèidh dha a bhith ag obair mar dhochtair ann am Bail' Ùr³⁵ is ann an Athol, dh'imrich e gu Baile nam Mac far an do dh'fhuirich e fuigheall a bheatha. Bha e na sgrùdaire sgoilltean do Ghleanna Garradh sa bhliadhna 1871 agus eadar 1874 is 1910. A bharrachd air siud, bha e na chàiptean rè àm Ruathar na Fèinne anns an 59th Stormont and Glengarry Battalion of Infantry. Choisinn e inbhe màidseir fhad 's a bha e anns a' mhilisi às dèidh sin.³⁶

Air 5 Cèitean 1894, dh'fhoillsicheadh litir le MacDhiarmaid a bha a' toirt moladh mòr do *Mhac-Talla* airson a bhith a' foillseachadh "Galig conaltraidh".³⁷ Chaidh an aon litir sin foillseachadh ann an iris 18 Cèitean 1894 den *Glengarry News*, pàipear-naidheachd ionadail Ghlinne Garraidh, leis an ro-ràdh a leanas:

³⁴ Maxville, Ontario.

³⁵ Cornwall, Ontario.

³⁶ Royce MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry Biography* (Alexandria: Glengarry Historical Society, 2010) 267.

³⁷ Dòmhnall MacDhiarmaid, "Guth a "Baile-nam Mac"," *Mac-Talla*, vol. 2, no. 41, t.d. 6.

We have been very much interested in reading a newspaper published in Sydney, Cape Breton called *Mac Talla*. [...] We notice that several of the contributors are residents of Glengarry. We give the following extract from a letter which appeared in the last issue of *Mac Talla* from one of them, and may in future issues make free use of the columns of our esteemed Gaelic contemporary.³⁸

Tha coltas gun tug MacFhionghain cead is a bheannachd don duine, a bha a' deasachadh a' chuilbh Ghàidhlig anns an *Glengarry News*, pìosan-naidheachd bho *Mhac-Talla* a chur gu ath-fheum. Seachdain às dèidh sin, dh'fhreagair *Mac-Talla* na leanas:

THA 'N Glengarry News ann an àireamh na seachdain s'a chaidh a cur fàilte 's furan air MAC TALLA, 'sa clo-bhualadh earrann de litir an Dotair Mhic Diarmaid a sgrìobh thugainn a Maxville o chionn ghoirid.³⁹

Thòisich dàimh eadar an dà phàipear-naidheachd bhon uair sin far am biodh an *Glengarry News* a' foillseachadh pìosan bho *Mhac-Talla*. A rèir Lachlainn MhicAonghais, gu math tric bhiodh iad a' cleachdadh pìosan a bha sgrìobhte le Gàidheil Ghlinne-Garraidh bho thùs.⁴⁰

Tha e glè choltach gun do chuir MacDhiarmaid sgeulachdan a-steach gu *Mac-Talla* fo fhar-ainm "Diarmad". Thàinig a' chiad sgeul bhon fhear sin san àireamh 9 Ògmhios 1894, mìos às an tàing litir bho MhacDhiarmad. Dh'fhoillsicheadh trì sgeulachdan bho Dhiarmad: "Am Fear Nach Tuig Gailig" mun Dr. Ruairidh MacLeòid⁴¹ à Bail' Uilleim,⁴² Charlottenburgh

³⁸ "Colloquial Gaelic," *The Glengarry News*, an Cèitean 18, 1894; agus faicibh MacAonghais, *Gleann-a-Garaidh agus Gaidhlig Siar*, 20-1.

³⁹ *Mac-Talla*, an Cèitean 26, 1894, vol. 2, no. 44, t.d 4.

⁴⁰ MacAonghais, *Gleann-a-Garaidh agus Gaidhlig Siar*, 20.

⁴¹ Chaidh an t-aon sgeul sin fhoillseachadh anns an *Glengarry News* far an do mhinich iad gur ann ma dèidhinn a bha an sgeul sin. Faicibh "An Old Glengarry Tale," *The Glengarry News*, Òg-mhios 22, 1894, vol. 3, no. 21, t.d. 3; agus Royce MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry Biography*, 526.

⁴² Williamstown, Ontario.

Township; “Sgeul air Bochdan” (an t-Iuchar 1894); agus “Domhull a’ Chogaidh agus Ailein Tailleir” (an Lùnastal 1894) mu athair Aonghais Òig is caraid dha. Mìos às dèidh sin, thòisich sgeulachdan a’ tighinn a-mach mu Ghleanna Garradh bho fhear fo fhar-ainm “D. B.”: “Sgeul mu Ghreusaiche” (an Dàmhair 1894), “Bochdan an t-Strath” (an Dùbhlachd 1894), agus “Nadar a’ Ghaidheil” (an Dàmhair 1895). San àireamh 31 Lùnastal 1895, sgrìobh *Mac-Talla*: “Moran taing do “D. B.” a Maxville, Ont., agus da charaid a Dunbheagain, air son nan sgrìobhaidhean a chuir iad ugainn. Tha sinn an dòchas nach fhada gus am faigh sinn rud-eigin bho pheann “D. B.” fhèin.”⁴³ Chithear san litir sin gun robh D. B. a’ fuireach ann am Baile nam Mac, ach cha b’ ann ach Dòmhnall MacDhiarmaid is Eòghann MacEòghainn clàraichte mar luchd-gabhail bhon bhaile sin.⁴⁴ Chan eil e soilleir no deimhinnte, ach dh’fhaodadh gun robh an dà fhar-ainm “Diarmad” is “D. B.” air Dòmhnall MacDhiarmaid.

San Ògmhios 1894, thug an deasaiche iomradh air Diarmad is na sgrìobhadairean eile a bha a’ cur sealladh na b’ fharsainghe air Gàidheil Chanada:

THA romhainn tòiseachadh anns an ath àire[amh air] eachdraidhean goirid a thoirt air imrich nan Gàidheal do Chanada. Tòisichidh sinn le cunntas a tha Callum Mac Fhearghais a toirt dhuinn air [turas]-cuain troimh ’n deachaidh e-fhéin an uair a bha e tighinn a nall. An deigh sin chò-bhualaidh sinn eachdraidh Bhartimeuis, a tha ’g innseadh mu cheud-aiteachaidh Mhalagawatch. An deigh sin gheibh ar luchd-leughaidh eachdraidh nan Gàidheal a shuidhich ann an Eilean a phrionnsa, air a sgrìobhadh le Murchadh Mac Laomuinn. [...] Ni na h-eachdraidhean so, maille ris na bhios “Diarmad” (o’n cluinn sinn a ùine ghearr) a toirt dhuinn mu Ghàidheil Ontario, solus a chur air staid us cleachdaidhean nan Gàidheal a chuir cùl ri tir an dùchais agus a rinn dachaidhean dhaibh fhéin ann am fàsaichean coillteach America.⁴⁵

⁴³ *Mac-Talla*, an Lùnastal 31, 1895, vol. 4, no. 8, t.d. 5.

⁴⁴ Faicibh “Bòrd 1.1 Luchd-Gabhail bho Ghleanna Garradh” gu ìosal.

⁴⁵ *Mac-Talla*, an t-Ògmhios 2, 1894, vol. 2, no. 48, t.d. 4.

Bha *Mac-Talla* na bu bheartaiche on a sgrìobh caochladh de dhaoine a-steach. Cha do sgrìobh “Diarmad” an t-uabhas, ach b’ i an uimhir a chur e gu *Mac-Talla* fhathast cuideachail is pàirt den oidhirp na bu mhotha. Thigeadh am mòran às a’ bheagan.

1.3 “Iadsan a Phàigh”: luchd-gabhail bho Ghleanna Garradh

Bha e cumanta gu leòr gun dìochuimnicheadh feadhainn airgead a thoirt gu *Mac-Talla* is an lùib sin thòisich MacFhionghain ri bhith a’ foillseachadh nan ainmean de dhaoine a bha air an airgead a chur a-steach mar-tha ann an colbh air an robh “Iadsan a Phaigh.”⁴⁶ An latha an-diugh, tha na liostaichean sin feumail gus a bhith a’ faicinn cò ghabh am pàipear-naidheachd. Chithear na leanas liosta de na luchd-gabhail bho Ghleanna Garradh agus “Greater Glengarry.”⁴⁷ Cha deach ceartachadh air na h-ainmean: chithear gu bheil measgachadh ann de Bheurla is de Ghàidhlig. ’S mathaid gu bheil cuid de na h-ainmean, a bha air an litreachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte, a’ nochdadh dà thuras; ach chaidh an cur ann air egal ’s gun robh iad a’ seasamh mar dhuine fa leth. ’S e an latha a nochd an t-ainm airson a’ chiad àma ann am *Mac-Talla* a th’ anns a’ cheann-latha a tha gan leantainn.

Bòrd 1.1: Luchd-Gabhail bho Ghleanna Garradh

BAILE MHÀRTAINN

J. J. MacRàth, Martintown (14 April 1894)

I. I. MacRàth, Baile Mhàrtuinn (18 February 1898)

Iain I. MacRàth, Martintown (23 January 1902)

BAIL’ UILLEIM

D. D. Dòmhnallach, Williamstown (2 June 1894)

⁴⁶ Charles W. Dunn, *Highland Settler*, 85.

⁴⁷ Tha crìochan de “Greater Glengarry” a’ cunntas fearainn ann an Québec, Siorramachd Prescott, Siorramachd Stormont, agus Bail’ Ùr. Faicibh MacAonghais, *Gleann-a-Garaidh agus Gaidhlig Siar*, 21.

GLEANN CHASHION

R. I. Grannd, Gleann Chashion (28 April 1894)

BAILE NAM MAC

D. MacDhiarmaid, Maxville (2 June 1894)

Eóghan MacEòghainn, Maxville (2 June 1894)

DÙN BHEAGAN

Bean Dhòmhnuaill Chaimbeil, Dunbheagain (17 December 1897)

Bean D. M. Chaimbeil, Dunbheagain (8 July 1898)

D. M. Caimbeul, Dunbheagain (28 April 1894)

Calum Dewar, Dùn Bheagain (4 November 1893)

Fearchar Deòra, Dunbheagain (2 February 1895)

Alasdair Friseal, Dùn Bheagain (4 November 1893)

Donnacha MacCriomain, Dunbheagain (7 December 1895)

Iain D. MacCuaig, Dunbheagain (2 February 1895)

A. N. MacGilleFhaollain, Dunbheagain (11 November 1898)

Coinneach MacGillFhinnein, Dunbheagain (15 April 1898)

C. MacGillFhinnein, Dunbheagain (10 February 1899)

An t-Urr. Ruairidh MacLeòid, Dunbheagain (11 November 1893)

Ruairidh MacLeòid, Dunbheagain (28 April 1894)

Tormod K. MacLeòid, Dunbheagain (1 December 1894)

Iain D. MacIlleMhaoil, Dunbheagain (7 July 1894)

D. MacIlleMhaoil, Dùn Bheagain (19 August 1893)

Dòmhnuaill MacGilleMhaoil, Dunbheagain (19 February 1903)

Iain Moireastan, Dunbheagain (16 September 1898)

Iain D. Mac'IlleMhaoil, Dunbheagain (10 February 1899)

Dòmhnuaill Mac a' Phì, Dunbheagain (10 February 1899)

D. Mac'IlleMhaoil, Dunbheagain (10 February 1899)

J. D. Mac'IlleMhaoil, Dunbheagain (30 March 1900)

Iain MacGilleMhoire, Dunveagain (1 November 1901)

Iain D. MacIlleMhaoil, Dunbheagain (7 July 1894)

ACHADH UAINNE

D. I. Dòmhnuaillach, Greenfield (5 August 1898)

D. J. Dòmhnuaillach, Greenfield (30 March 1900)

D. I. MacDhòmhnuaill, Greenfield (6 February 1897)

LAGAN

P. M. Caimbeul, Laggan (13 October 1894)

Dòmhnuaill Dewar, Laggan (4 November 1893)

Iain Grannd, Laggan (22 July 1893)

Niall D. MacCuaig, Laggan (7 July 1894)

Niall I. MacCuaig, Laggan (6 July 1895)

Iain Mac a' Mhaighstir, Laggan (8 December 1894)

Alasdair Mac'IlleMhaoil, Laggan (2 March 1895)

Aonghas MacIlleMhaoil, Laggan (7 July 1894)
Seamus E. Mac'IlleMhaoil, Lagan (5 April 1901)

SKYE

I. R. MacCoinnich, Skye (2 March 1895)
Iain R. MacCoinnich, Skye (6 March 1897)
Aonghas MacFhionghain, Skye (2 March 1895)

MACCRIOMAIN

Peigi M. NicNèill, McCrimmon (15 March 1901)
Seumas MacCriomain, MacCrimmon (22 September 1894)
S. MacCriomain, MacCrimmon (3 October 1896)
Uilleam MacLeòid, MacCrimmon (2 September 1893)
U. A. MacLeòid, McCrimmon (3 October 1896)
Uilleam A. MacLeòid, MacCrimmon (22 September 1894)
Ruairidh Moireastan , MacCrimmon (2 February 1895)

CNOC NA H-EAGLAIS

A. MacCuaig, Kirk Hill (15 September 1894)
A. R. MacCuthaig, Cnoc na h-Eaglais (20 October 1899)
Aonghas MacCuaig, Cnoc na h-Eaglais (5 October 1895)
D. R. MacCuaig, Kirk Hill (15 September 1894)
Dòmhnall MacGilleBhràith, Cnoc na h-Eaglais (5 October 1895)
D. R. MacGilleBhràith, Cnoc na h-Eaglais (21 November 1896)
D. MacGilleBhràith, Cnoc na h-Eaglais (13 November 1903)

DALKEITH

Dòmhnall MacCuthaig, Dalkeith (5 November 1897)
D. W. MacGilleBhràith, Dalkeith (15 December 1894)
Dòmhnall Mac an Tòisich, Dalkeith (17 December 1897)

BRODIE

Donnachadh MacGilleMhaoil, Brodie (31 May 1901)
Bean R. A. 'icRàth , Brodie (8 February 1896)
Bean Ruairidh Mhic Ràth, Brodie (17 December 1897)
Seumas MacGilleMhaoil, Brodie (28 July 1899)

GLEANN SANDFIELD

Bean Iain 'ic IlleMhaoil, Gleann Sandfield (9 January 1896)

GLEANN ROBERTSON

Seòras MacRàth, Glen Robertson (8 July 1898)

BAIL' ALASDAIR

An t-Urr. Alasdair Dòmhnallach, Easbuig Alexandria (1 December 1894)
I. D. Dòmhnallach, Alexandria (25 December 1903)

I. I. Dòmhnallach, Alexandria (25 December 1903)
 J. J. Dòmhnallach, Alexandria (14 April 1894)
 Tormad MacRàth, Alexandria (2 September 1898)

FASSIFERN

Dòmhnall MacFhionghain, Fassifern (25 December 1903)

Bòrd 1.2: Luchd-Gabhail bho “Greater Glengarry”

ABHAINN MHÒR

Fionnladh Caimbeul, Avonmore (5 January 1895)
 Bean I. 'ic 'IlleMhaoil, Avonmore (16 December 1893)

MOOSE CREEK

Iain T. Dòmhnallach, Moose Creek (23 September 1898)

BAIL' ÙR

Iain T. Dòmhnallach, Cornwall (5 April 1901)
 Donnacha Munro, Cornwall (15 June 1895)
 An t-Urr. Niall MacNis, Cornwall (3 August 1895)
 Murchadh MacRàth, Cornwall (15 January 1898)

CNOC VANKLEEK

D. I. Friseal, Vankleek Hill (17 February 1894)
 Dòmhnall I. Friseal, Vankleek Hill (31 December 1897)
 Dòmhnall Friseal, Cnoc Vankleek/Vankleek Hill (2 February 1895)


FINCH

E. A. MacGilleMhaoil, Finch (24 November 1899)
 H. A. MacIlleMhaoil, South Finch (19 August 1893)
 Iain MacIlleMhaoil, South Finch (19 August 1893)
 D. P. MacFhionghain, South Finch (5 January 1895)
 Ùisdean A. Mac'IlleMhaoil, South Finch (12 November 1897)
 U. A. Mac'IlleMhaoil, Finch (4 March 1903)

Chithear bho bhòrd 1.1. gun robh a' mhor-chuid de na luchd-gabhail à Gleanna Garradh a' tighinn bho Dhùn Bheagan, Kenyon Township. Tha an fhiosrachaidh seo ag aondachadh le cunntasan Beurla bhon t-siorramachd a tha ag ràdh gur ann mun cuairt Dhùn Bheagain a bha a'

Ghàidhlig na bu làidire mus d’ fhuair i bàs ann an Gleanna Garradh.⁴⁸ Dh’fhaodadh am fiosrachadh sin (bho bhòrd 1.1) a dhol ann an càirt gus coimeas a dhèanamh eadar na ceithir roinnean ann an Siorramachd Ghlinne Garraidh, agus chithear an t-aon rud gun robh Gàidhlig fada na bu làidire ann an Kenyon Township na roinn eile ann an Gleanna Garradh (faicibh càirt 1.1 gu ìosal). Tha e inntinneach a chomharrachadh nach robh neach-gabhail sam bith bho Lancaster Township, glè bheag dhiubh bho Charlottenburgh Township, ach feadhainn dhiubh bho Lochiel Township. Tha coltas gun robh a’ Ghàidhlig na b’ fhallaine ann an cùl an t-siorramachd – am pàirt a bha air a suidheachadh beagan às dèidh Charlottenburgh agus Lancaster Township a tha ri taobh Abhainn Naoimh Lawrence.

Càirt 1.1. Luchd-Gabhail anns na Ceithir Roinnean de Ghleanna Garradh



⁴⁸ MacAonghais, *Gleann-a-Garaidh agus Gaidhlig Siar*, 4.

Caibideil 2: *Mac-Talla* mar ghoireasan foghlum is còir na Gàidhlig san t-siorramachd

2.1: Brìgh *Mhic-Talla* do na Gàidheil

Thàinig *Mac-Talla* a-mach aig àm nuair a bha a' Ghàidhlig a' seasamh air cois chugallach is feumail air spèis is cliù. Ann an 1887, mhìnich an t-Urr. Niall MacFhionghain, san alt “The Highlanders and the Gaelic in Canada,” trì adhbharan carson a bha a' Ghàidhlig a' crìonadh aig an àm ud. B' iadsan na leanas: gun robh a' chàinnt a' measgadh leis a' Bheurla, gun robh easbhaidhean ann am foghlum Gàidhlig, agus nach robh litreachas gu leòr den Ghàidhlig air a chlà-bhualadh no air a sgaoileadh tron dùthaich.⁴⁹ Labhairt e gun robh an cànan cudromach agus “efforts should be made by loyal and patriotic sons of the Gael to perpetuate the use of their ancestral language, to render it useful, and to give it power and dignity.”⁵⁰ Rinn *Mac-Talla* sin. Sgaoileadh litreachas nan Gàidheal gu farsaing, is chaidh cothroman a thoirt do na Gàidheil gus eachdraidh, bàrdachd, sgeulachdan, is naidheachdan a leughadh sa chànan aca fhèin.

Tha fianais a' nochdadh sna litrichean a chaidh a sgrìobhadh gu *Mac-Talla* gun robh am pàipear-naidheachd a' toirt buaidh mhòr air an comas leughaidh aig daoine sa Ghàidhlig.⁵¹ San àireamh 2 Màrt 1895, dh'innis “D. D.” à Camus, Siorramachd Inbhir Nis, Ceap Breatann gun robh *Mac-Talla* math ri foghlum a thoirt don òigridh:

Mu 'n do thog MAC-TALLA a cheann, cha robh luchd leughaidh Gàilig ach tearc ri 'm faotainn anns a chearn so; ach an diugh 'sann a shaoileas sibh gu'n robhas a' teagasg Gàilig anns na sgoilean chionn bhliadhnaichean, leis cho fileanta 'sa théid aig earrann mhòr de 'n òigridh air a leubhadh. Is aithne dhomh mar an ceudna, cuid diubh 'tha

⁴⁹ Neil MacKinnon, “The Highlanders and the Gaelic in Canada,” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, Vol. II, (Montreal: W. Drysdale & Co., 1892), 64.

⁵⁰ Ibid, 67.

⁵¹ Dunbar, “Gaelic Periodicals and the maintenance and creation of networks,” 116-7.

teannadh ri 'sgrìobhadh, agus cha'n fhada gus an cuir feadhainn diubh so litrichean pongail gu MAC-TALLA.⁵²

Bha am modh-ionnsachaidh sin cumanta gu leòr am measg Gàidheil Aimeireaga a Tuath.⁵³

Feumaidh 's gun tug *Mac-Talla* ionnsachadh air neach-leughaidh Dòmhnall MacMhurachaidh à Bail' an Tobair, Eilean a' Phrionnsa Ìomhair. Bha e a' cur airgead gu *Mac-Talla* an lorg bàs athar is on a bha esan airson am pàipear-naidheachd a chumail san teaghlach. Dh'aidich e do MhacFhionghain san àireamh 18 Màrt 1904 ann an litir bheag: "So a cheud oidhirp a thug mise air Gàilig a sgrìobhadh."⁵⁴ Thug *Mac-Talla* cothroman do dhaoine Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh -- sgileanan a dh'fhosgail tobair de chultar an dùthchais.

2.2: Beachdan air *Mac-Talla* a bh' aig Gàidheil Ghlinne Garraidh

Bha eisimpleirean eile (mar a tha shuas) a' tighinn bho Ghleana Garradh cuideachd. San àireamh 21 Sultain 1895, bha litir le duine òg, mu 35 bliadhna a dh'aois, air an robh R. I. Grandd à Gleann Chashion, Charlottenburg Township. Bha e ag ionnsachadh na Gàidhlig dha fhèin. Sgrìobh e litir gu MacFhionghain sa Bheurla, ach chaidh a cur sa Ghàidhlig sa phàipear-naidheachd mar seo:

Cha'n eil ach fìor bheagan Gàilig air a labhairt an am choimhearsnachd, agus mar sin cha d'fhuair mi ach droch chothrom air a h-ionnsachadh; ach dh'ionnsaich mi beagan dhith ag[u]s chuir mi romham mi-fhéin a theagasg innte, oir bha mi 'meas gu'm bu chòir do Ghàidheal a bhi comasach air cainnt a phàrantan a labhairt 'sa leughadh. Agus tha mise

⁵² D. D., "Litir bho'n Chamus," *Mac-Talla*, am Màrt 2, 1895, vol. 3, no. 35, t.d. 4.

⁵³ Dunn, *Highland Settler*, 74.

⁵⁴ Dòmhnall MacMhurachaidh, "A Bail' an Tobair," *Mac-Talla*, am Màrt 18, 1904, vol. 12, no. 19, t.d. 2.

'g radh ribh gu'n d'rinn mi toileachadh 'nuair a chuala mi mu'n MHAC-TALLA, agus chuir mi g'a iarraidh gun dàil. Tha mi a' faotainn air adhart glè mhath leis.⁵⁵

Chithear nach robh mòran luchd-labhairt far an robh e taobh a deas na siorramachd. Tha sin ag aondachadh leis a' ghainnead de luchd-gabhail a bh' ann an Charlottenburg Township (faicibh càirt 1.1). Chùm an Granndach roimhe a bhith a' moladh *Mhic-Talla* mar sàr-goireasan foghlum: “Is e mo bharail gu bheil ur phaipear gasda na shàr mheadhon air fòghlum a thoirt do dh[a]oine anns a Ghàilig, ma tha beag no mhor aca dhith gu tòiseachadh air iad fhéin ionnsachadh...”⁵⁶

Dà bhliadhna às dèidh sin, chiteadh litir bheag eile bho R. I. Grannd, san àireamh 23

Iuchar 1897, gun iomradh sam bith nach b' i a làmh fhèin a sgrìobh i sa Ghàidhlig:

'S fìor thoigh leam do phaipear, agus tha mo Ghàilig a' dol na's fhearr a h-uile latha. Cha'n eil duin' agam a chuidicheas mi, ach dìreach mar a theid agam fhìn air. Is toigh leam a' Ghàilig, agus tha pròis orm air son mo shinnsir. Tha mi creidsinn gur h-iad na Gaidheil salann na talmhainn. Tha thusa 'deanamh obair mhòr agus tha mi 'n dòchas gu faigh thù do dhuais.⁵⁷

Bha e fhathast ag ionnsachadh dha fhèin, agus bha *Mac-Talla* fhathast na chuideachadh mhòr dha. Chithear 's gu bheil Beurlachas na chuid Gàidhlig mar an abairt “salann na talmhainn” agus “mo Ghàidhlig”; ach an do sgrìobh e fhèin an litir, b' e sin piseach mòr air a sgilean sgrìobhaidh co-dhiù.

⁵⁵ R. I. Grannd, “Litir Bheag a Ontario,” *Mac-Talla*, an t-Sultain 21, 1895, vol. 4, no. 9, t.d. 8.

⁵⁶ Ibid, 8.

⁵⁷ R. I. Grannd, “Litir Ghoirid,” *Mac-Talla*, an t-Iuchar 23, 1897, vol. 6, no. 4, t.d. 1.

Ann an litir a chuir Aonghas Òg gu *Mac-Talla* san àireamh 21 Dàmhair 1893, bha e a' toirt sealladh air còir na Gàidhlig gu sònraichte aig na h-oigridh taobh tuath na siorramachd agus a' bruidhinn mun mhodh-ionnsachaidh a faigheadh iad ann am *Mac-Talla*:

Tha moran a dh' oig[ri]dh an aite so a bhruidhneas Gailig meadhonach math, ach dha nach aithne Gailig a leubhadh, agus tha mi smaointeachadh gu'n cuidicheadh am MAC-TALLA iad gus am foghlum sin fhaighinn, rud nach deanadh call sam bith dhaibh, ach a dh' fhaodadh a bhi feumail dhaibh iomadh uair nach saoilleadh iad.⁵⁸⁵⁹

Ann an litir a sgrìobh MacDhiarmaid san àireamh 5 Cèitean 1894, chuir e an cèill carson a bha *Mac-Talla* cho cuideachail do leughadairean ùra na bheachd-san:

...mar a's bitheanta, tha moran fhacal ann an leabhraichean 's ann am òrain Ghàilig nach eil Gaidheil an latha 'n diugh a cleachdadh idir, agus nach tuig iad nuair a bhithear 'g an cleachdadh le muinntir eile, agus tha fhios aig a h-uile neach gur docha leis beagan a thuigeas e ceart na moran nach tuig e ach am pàirt. Tha mi dhe'n bharail gur e tuilleadh 'sa choir dhe'n t-seorsa sgrìobhaidh so 'nar leabhraichean Gàilig a tha 'cumail na h-uirid d' ar co-luchd-dùcha cho fad air ais ann an leubhadh na cainnt mhàthrail, agus tha làn dhòchas agam gu'n dean am MAC-TALLA moran gu sin a leasachadh.⁶⁰

B' i puing phongail a bh' aige: ann an duilleagan *Mhic-Talla*, gheibhtheadh Gàidhlig bhitheanta, làitheil.

Bha beachd eile cuideachail aig Aonghas Òg a tha a' togail an duilgheis mhòir a bh' aig MacFhionghain gus luchd-gabhail a bharrachd fhaighinn:

Tha cuid de na tha faighinn a MHAC-TALLA ann sa choimhearsnachd so an deigh dhaibh fein a leubhadh 'ga chur gu feadhainn eile a dh' fhaodas a bhi toilichte fhaicinn agus cur 'ga iarraidh air an son fein mas math leo e. Tha'n sean-fhacal ag radh gur fearr

⁵⁸ Aonghas Mac'IlleMhaoil, "Litir bheag a Gleann-a-Garraidh," *Mac-Talla*, an Dàmhair 21, 1893, vol. 2, no. 16, t.d. 6.

⁵⁹ Bha creideamh ann an Gleanna Garradh gun robh na daoine aig an robh Gàidhlig na bu luaithe ri Fraingis ionnsachadh na na daoine a bha aona-chànanach sa Bheurla. Faicibh MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry*, 331.

⁶⁰ MacDhiarmaid, "Guth a "Baile-nam Mac", 6.

an t-olc a chluinntinn na fhaicinn, ach tha mi a saoilinn gu'm beil e air mhodh eile mu'n MHAC TALLA, gur fearr fhaicinn na cluinntinn mu dheaghinn.⁶¹

Bu ghnàth leis na Gàidheil a thighinn cruinn còmhla far am biodh aon neach a' leughadh a' phàipeir-naidheachd a-mach fhad 's a bhiodh na daoine eile ag èisteachd ris on nach robh iad uile fileanta ri Gàidhlig a leughadh.⁶² B' e sin aon de na prìomh adhbharan carson nach d' fhuair MacFhionghain an uirread de luchd-gabhail a bha a dhìth air. Bha Gàidhlig aig 50,000 duine mu thuaiream ann an Canada sa bhliadhna 1901, ach cha robh ann ach mu 1,400 neach-gabhail *Mhic-Talla* (bho feadh an t-saoghail) sa bhliadhna 1904.⁶³

2.3: Còir na Gàidhlig ann an Gleanna Garradh aig àm *Mhic-Talla*

Aig ceann na naoidheamh linn deug, bha Gàidhlig ann an staing ann an Siorramachd Ghlinne Garraidh. Ann an àitichean (mar a chunnacas shuas ann an caibideil a h-aon) taobh tuath Kenyon Township is mun cuairt Dhùn Bheagain, bha i na bu làidire san t-siorramachd. Ach ann an àitichean eile mar Charlottenburg agus Lancaster Township, cha robh mòran guth ma dèidhinn aig an àm ud on a thòisich i ri falbh na bu tràithe bho na roinnean sin.⁶⁴ Bha Royce MacGilleBhràith agus Eòghann Ross a' beachdachadh gun tug cion-foghlaim buaidh mhòr air a' Ghàidhlig:

⁶¹ Mac'IlleMhaoil, "Litir bheag a Gleann-a-Garraidh," 6.

⁶² Dunbar, "Gaelic Periodicals and the maintenance and creation of networks," 116, 128 agus 139; agus Dunn, *Highland Settler*, 87.

⁶³ Faicibh Dunbar, "Gaelic Periodicals and the maintenance and creation of networks," 113 agus 115.

⁶⁴ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 277.

In an English-speaking continent, the Gaelic of Glengarry was like an ice-cube melting in the August sun. There can, nevertheless, be detected several circumstances that aided the process, or increased the speed at which it took place. One of these was the position of English as the sole language of the schools in which the Gaelic-speaking Glengarrians educated their children. Nor was Gaelic merely neglected; it was sometimes vigorously reproved.⁶⁵

A rèir Mìcheal Newton bha barrachd de dh'aon sgoil Gàidhlig ann an Gleanna Garradh, ach chan eil e deimhinn càit an robh na sgoiltean sin no cuin is dè cho fad 's a bh' iad a' ruith.⁶⁶ 'S cinnteach gur e cho ceart ri ràdh nach d' fhuair a' mhòr-chuid de chlann Ghàidhealach foghlum sa chànan màtharail aca fhèin ach foghlum Beurla na àite.

Dh'fhaodadh na h-eaglaisean a' toirt barrachd fiosrachaidh air còir na Gàidhlig san t-siorramachd. Bha a' Ghàidhlig air a searmonachadh ann an Charlottenburgh agus Lancaster Township aig meadhan na naoidheamh linn deug, ach chan eil e cho soilleir cuin a bha na seirbheasain mu dheireadh sna co-thionalan siud. Dh'ionnsaich an t-Urr. Iain Anderson (fear à Albainn) a' Ghàidhlig gus am b' urrainn dha searmonan a chumail suas ann am Baile Mhàrtainn nuair a thòisich e an sin mar oileanach ann an 1852. An uair sin, bha e na mhinisteir ann an Dalhousie Mills agus Baile Lancaster far an do shearmonaich e sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.⁶⁷ Ann an 1855, theireadh gun robh e gu tùr feumail Gàidhlig a bhith aig ministeirean sna co-thionalan ann am Bail' Uilleim agus Baile Mhàrtainn.⁶⁸ An coimeas ri siud, ann an Lochiel Township, bha seirbheisean Gàidhlig ann an Cnoc na h-Eaglais (an Eaglais Shaor) gu ruige 1922

⁶⁵ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 281.

⁶⁶ Michael Newton, "Gaelic Organizations in Nineteenth-and Early-Twentieth-Century Ontario." *International Review of Scottish Studies* 41 (2016), 39.

⁶⁷ MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 74; agus MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry*, 4.

⁶⁸ MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 56.

nuair a chaochail an t-Urr. Ailean Moirreastan agus, ann an Kenyon Township, gu ruige 1934 ann an Dùn Bheagan nuair a dh'fhalbh an t-Urr. Dòmhnall M. MacLaomainn (bho Eilean a' Phrionnsa Ìomhair) ann an 1934.⁶⁹ Ged a bha a' Ghàidhlig aig an ath-mhinisteir, an t-Urr. Dòmhnall N. MacGilleMhaoil, cha do chùm na seirbheisean ri ruith ann an Dùn Bheagan.⁷⁰

Tha fianais air mhaireann a chaidh a sgrìobhadh mu chaochladh na naoidheamh linn deug gun robh cuid de Ghàidheil Ghlinne Garraidh mothachail gum faoidte a' Ghàidhlig a dhol à bith. Tha fianais ann an litir a sgrìobh Aonghas Òg, air 3 Màrt 1898, gu caraid Hamilton Mac'IlleMhaoil (1837-1916) ann an Red Springs, Siorramachd Robeson, Carolina a Tuath. Rugadh Hamilton ann an Siorramachd Cumberland do phàrantan Uilleam Mac'IlleMhaoil is Anna Peterson NicNèill (o MhicNèill na Drochaide).⁷¹ Bha e na neach-eachdraidh is neach-lagha còmharrachta.⁷² Chlò-bhuail *Mac-Talla* eachdraidh a sgrìobh e fhèin fo thiotal "Gaidheil Charolina".⁷³ San litir a sgrìobh Aonghas Òg thuige, chithear am beàrn a bh' ann eadar na h-oigridh is na seann daoine ann an 1898:

Bhithidh thu cho math smo leisgeul a ghabhail air son sgrìobhadh ga t'ionnsadh an gaelic on si cainnt as fearr a bhruidhneas mi agus as fearr a bhruineas a chuid mhor dhe mo cho-aoisean san t'siorramachd so cuideachd. Ach tha an oigridh a tha fo fichead bliadhna dh'aois air toirt gle mhor dh'ionnsaidh na beurla. An aite failte a chur air aon a

⁶⁹ MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry*, 214 agus 621; agus MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 220 agus 234.

⁷⁰ MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 234.

⁷¹ Catherine Palmer, post-d gu Anne Landin roinnte leis an ùghdar, an t-Ògmhios 12, 2017.

⁷² Faicibh Robin Purser Stacy, "McMillan Hamilton," inntigte an Gearran 1, 2021, <https://www.ncpedia.org/biography/mcmillan-hamilton>; agus Michael Newton, "In Their Own Words: Gaelic in North Carolina," *Scotia* 25 (2001): 12-4.

⁷³ Faicibh Hamilton Mac'IlleMhaoil, "Gaidheil Charolina," *Mac-Talla*, am Màrt 17, 1894, vol. 2, no. 34, t.d. 5.

cheile mar a dheanamh air n'athaireachan failte ort a Dhomhnull, failte ort Alasdair na Iain mar a dh' fhaodadh an t'ainm a bhi. Se mar is tric a their an oigridh ri aon a cheile a Mr Mac Donald na Mr Mac Kenzie na Mr Mac Dougald s'mar sin sios. Tha taighean ann a so far am bhel na seann mhnathan fathast beo nach bruidhean snach tuig ach gaelic agus [far am bhel aois beagan?] bhliadhnachan. Sa n'uair a bhithis an neach beag a bruidhean ri h' seanamhair feumaidh eadar-theangair a bhi eadareadh.⁷⁴

A rèir an t-seanchais seo, bha na h-oigridh buailteach do chleachdaidhean Beurla. Chithear cuideachd gun robh teaghlaichean ann far an do dh'fhuirich na seann-phàrantan fon aon chabar còmhla ri clann, ach cha deach a' Ghàidhlig bho ghlùn gu glùn.

A rèir UNESCO Ad hoc Expert Group on Endangered Languages: "A language is in danger when its speakers cease to use it, use it in an increasingly reduced number of communicative domains, and cease to pass it on from one generation to the next. That is, there are no new speakers, adults or children."⁷⁵ A rèir seanchas Aonghais Òig bha cunnart ron Ghàidhlig. Theirteadh gun robh Gàidhlig ann an Gleanna Garradh aig ceann na naoidheamh linn deug, aig Ìre 7, *Shifting*, "the child-bearing generation can use the language among themselves, but it is not being transmitted to children" agus aig Ìre 8a, *Moribund*, "The only remaining active users of the language are members of the grandparent generation and older" bho thionndadh de chlàr-tomhais beòthlas chànanan a rinn Soillse⁷⁶ de Extended Graded Intergenerational Disruption Scale (EGIDS).⁷⁷ Theirteadh cuideachd gun robh àitichean eile ann an Gleanna

⁷⁴ Aonghas Mac'IlleMhaoil, litir gu Hamilton Mac'IlleMhaoil, 1898, ann an "Nineteenth-century Gaelic Letter," *An Naidheachd Againne* 28, no. 3 (Foghar 2012): 15, <http://download.acgamerica.org/Newsletters/Naidheachd%202012-3.pdf>.

⁷⁵ UNESCO Ad hoc Expert Group on Endangered Languages, "Language Vitality and Endangerment," International Expert Meeting on UNESCO Programme Safeguarding of Endangered Languages (Paris, 2003), 2.

⁷⁶ Lìonradh rannsachaidh ann an Albainn airson gleidheadh is ath-bheòthachadh na Gàidhlig.

⁷⁷ Bha EGIDS dèante le Paul Lewis agus Gary Simons. Chaidh a thogail air a' chlàr-tomhais Graded Intergenerational Disruption Scale (GIDS) le Joshua Fishman. Airson an tionndadh a rinn Soillse, faicibh

Garradh mar Ghleann Chashion (an t-àite far an robh R. I. Grannd) aig Ìre 9, *Dormant*, “the language serves as a reminder of heritage identity for an ethnic community, but no one has more than symbolic proficiency.”⁷⁸

Tha caochladh de dh’adhbharan ann a thoireadh air cànan a dhol à bith. Dh’fhaodadh an cur ann an dà roinn: adhbharan taobh a-muigh na coimhearsnachd (mar eaconomaigeach, cultarach, no ceannsalachd foghlaim) agus adhbharan taobh a-staigh na coimhearsnachd (mar smaointinn àicheach air a’ chànan fhèin).⁷⁹ Chithear adhbharan taobh a-muigh mar chion-fearainn san eachdraidh bàrraichte *The People of Glengarry: Highlanders in Transition, 1745-1820*, le Marianne NicGillEathain, a thug seallaidhean farsaing de thuineachaidhean tràtha ann an Gleanna Garradh. Nuair a thugadh fearann don chiad-daoine a bha dìleas don rìgh mu 1784, bha talamh gu math pailt is furasta ri fhaighinn. Ach às dèidh 1797, dh’fhàs cùisean na bu duilghe: bha riaghlain na bu thinne a thaobh fearainn fhaighinn, bha cùisean ùra ann, agus bha an t-siorramachd a’ cur thar a bruaichean le daoine a’ tuineachadh mun cuairt a crìochan.⁸⁰ Bha fearann a’ Chrùin gann nuair a dh’imrich Gàidheil còmhla ri Gilleasbaig MacGilleMhaoil ann an 1802 agus nuair a thàinig cuid de na saighdearan bho Reiseamaid Ghlinne Garraidh ann an 1803. Bha e cudromach dhaibh ge-tà, a dh’fhuireach am measg chàirdean ann an Gleanna Garradh. Gheobhadh iad fearann eadhon am feumadh iad pàigheadh air a shon, ga fhaighinn air màl, no

Conchur Ó Giollagáin *et al*, *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A Comprehensive Sociolinguistic Survey of Scottish Gaelic* (Aberdeen: Aberdeen University Press, 2020) 366-7.

⁷⁸ Ó Giollagáin *et al*, *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community*, 366-7.

⁷⁹ UNESCO Ad hoc Expert Group on Endangered Languages, “Language Vitality and Endangerment,” 2.

⁸⁰ McLean, *The People of Glengarry*, 188.

fiù 's fuireach còmhla ri càirdean is a' feitheamh gus am biodh fearann ri làimh.⁸¹ Thàinig an imrich mhòr de theaghlaichean mu dheireadh ann an 1815 gu bhith suidheachadh ann am Bràghad Albainn, ceàrn tuath ann an cùl Lochiel Township. Cha mhòr nach robh an t-siorramachd air a lìonadh an uair sin.⁸² Bhathar a' reic fearann clèirich gus am b' urrainn do dhaoine talamh fhaighinn.⁸³ Ged a bha e dùbhlach fearann fhaighinn ann an Gleanna Garradh san àm ud aig toiseach na naoidheamh linn deug, bha na Gàidheil gu math dèanadach ri fuireach ann.

Bha e soilleir gun robh na Gàidheil deònach a dh'fhuireach ann an Gleanna Garradh aig toiseach na naoidheamh linn deug, ach dh'atharraich cùisean às dèidh sin. Aig meadhan na naoidheamh linn deug, nuair a bha an treas ginealach nan daoine òga, bha e feumail do fheadhainn dhiubh an t-siorramachd fhàgail gus teachd an tìr fhaighinn.⁸⁴ Bha an eaconomaidh slaodach mu àm Ar-a-mach Canada Àird ann an 1837; agus leis gun robh e cumanta gum biodh teaghlaichean mòr ann san àm ud, bha iomadh fear òg is fear meadhanach òg "ready for work or fun or mischief or war."⁸⁵ Dh'fhàg iomadh duine an dachaigh aige fhèin gus obair fhaighinn am measg nan craobh, nam beann, is nam prèiridhean. Bha daoine bho Ghleanna Garradh a' gabhail pàirt mhòr sa mhalairt bhèin (mar an North West Company no an Hudson's Bay Company); an

⁸¹ McLean, *The People of Glengarry: Highlanders in Transition*, 192-4 agus 196.

⁸² McLean, *The People of Glengarry*, 159 agus 188.

⁸³ Ibid, 181-2, agus 186,

⁸⁴ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, xii.

⁸⁵ Ibid, 61.

gnìomhachas fiodhraich sna coilltean ann an Gleann Ottawa, Québec, Michigan, is Wisconsin; agus mèinnearachd ann am Montana, Dakota a Tuath, is British Columbia.⁸⁶ Rinn iomadh Gàidheal Ghlinne Garraidh às-imrich gus fearann is obair fhaighinn. Thuirt Seòras Sandfield Dòmhnallach gun robh iad nan “wonderful race of colonizers!”⁸⁷ Aig an ceann thall, thug cion-fearainn, bochdanas an eaconomachd, is às-imrichean buaidh mhì-fhabharach air a’ Ghàidhlig.

Chithear bhon alt a sgrìobh Dr. Dòmhnall Donnchadh MacDhòmhnuille (1858-1927) (no Dr. D. D. mar a theirte ris) bàrd à Bail’ Alasdair, san àireamh 3 Dàmhair 1905 den *Glengarry News*, gum faca e fhèin adhbhar mòr taobh a-staigh na coimhearsnachd a bha a’ bacadh ris a’ Ghàidhlig. Chuir e a’ cheist seo air adhart “Ciod iad na cunnartan a tha cuartachadh na Gàidhlig, a dh’ fhaodas a cur bàs roimh h-àm?”⁸⁸ Agus fhreagair e fhèin i. Thuirt e gur e “fuarachd nan Gàidheal agus am mì-shuim d’ an cànan féin an t-aon chunnart.”⁸⁹ Feumaidh ’s gun robh an nòs fuarachd sin aig feadhainn de Ghàidheil Ghlinne Garraidh.

Bha seachas aig Gilleasbaig Mac an Aba aig ceann na naoidheamh linn deug a’ toirt sealladh air buaidh bheachdan àicheach air a’ Ghàidhlig. Sgrìobh e mu 1892 na mhòthaich e fhèin ann an taobh tuath Lochiel Township:

⁸⁶ John MacLennon, “The Early Settlement of Glengarry,” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. I, (Montreal: W. Drysdale & Co., 1887), 120; George Sandfield MacDonell, “The Literary Aspect of the Keltic Settlement in the Counties of Stormont and Glengarry,” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. I, (Montreal: W. Drysdale & Co., 1887), 128; Nilsen, “A’ Ghàidhlig an Canada,” 91-2; agus Elsie MacMillan, Mary MacMillan, agus Hazel MacMillan Huckvale, *Butternuts and Maple Sugar: The History of the “Old 14th” of Lochiel*, (Eastern Ontario Graphics Ltd., 1982), 138 agus 185.

⁸⁷ MacDonell, “The Literary Aspect of the Keltic Settlement,” 130.

⁸⁸ Dòmhnall MacDhòmhnuille, “Ciod Iad Na Cunnartan?” *The Glengarry News*, an Dàmhair 3, 1905, 3.

⁸⁹ *Ibid.*

The older people still speak the Gaelic, but the grandchildren, and in some instances some of the younger children, speak the Gaelic rather imperfectly, and many not at all. This is particularly true of Breadalbane, where they come in contact with the people of the township of West Hawkesbury, in the county of Prescott, many of whose early settlers came from the State of Vermont and spoke no Gaelic of course; and on the principle of evil communications corrupting good manners, the mixing of our young children with those not knowing the language, and rather regarding it as a relic of barbarism, led our youths to neglect their own mother tongue.⁹⁰

Chithear san t-seanchas seo gun robh adhbharan crìonadh na Gàidhlig a’ tighinn bho thaobh a-muigh tro bheachdan aineolach. Ann an 1835 aig an Eaglais Baistich ann am Bràghad Albainn (a thug Mac an Aba luaigh air), bha an dà dhiubh, seirbheisean Gàidhlig agus seirbheisean Beurla, a’ ruith gach Didòmhnaich; ach ann an 1850, cha robh ann ach seirbheisean Beurla.⁹¹ Chrìonaich a’ Ghàidhlig na bu luaithe ann am Bràghad Albainn na àitichean eile an taobh tuath Ghlinne Garraidh.⁹²

San alt “An Gaidheal ’s am Fearann” a sgrìobh “D.M.E” anns a’ Ghiblean 1929 ann am *Mosgladh*,⁹³ bha fianais a’ nochdadh de dh’adhbharan eile taobh a-staigh a bha a’ cuairteachadh na Gàidhlig. Bha D. M. E a’ smaointinn nach robh gu leòr de Ghàidheil Ghlinne Garraidh a’ fuireach, is a’ pòsadh, is a’ togail clann ann an Gleanna Garradh gus an cultar Gàidhealach a ghleidheadh:

Tha sampull bronach againn air a so ann an Gleannagaraidh, Ontario. Bho chion leth-chiad bliadhna bha an t-siorramhachd so cheart cho Gaidhealach ri Gaidhealtachd na h-Alba. Bu Ghaidheil a luchd-riaghlaidh, bu Ghaidheil na pearsachan-Eaglais, le Easbuig

⁹⁰ Archibald MacNab, “The Settlement of the Township of Lochiel, Glengarry,” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. II, (Montreal: W. Drysdale & Co., 1892), 57.

⁹¹ Dorothy Dumbrille, *Up and Down the Glens* (Toronto: Ryerson Press, 1955), 134; agus MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 278.

⁹² MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 278.

⁹³ Pàipear-naidheachd a dh’fhoillsich Comann Albanach Caitligeach ann an Sidni, Ceap Breatann eadar 1923 gu 1928.

Gaidhealach air an ceann. An diugh cluinnear Fraingis air gach taobh, ach 's tearc, tearc a' Ghaidhlig; agus 's e Easbuig Frangach a tha 'n drasd an Cathair nan Domhnullach an Alexandria. C'arson, 'n uair a tha na Frangaich a fas cho lionmhor, a tha na Gaidheil a sior dhol an gaineid? Ar coire fhein! ar mor choire fhein! Anns na teaghlaichean Frangach, cho luath 'sa ruigeas an gille a's sinne mu bhliadhna air fhichead, bheir athair da roinn de'n fhearann, cuidichidhe e gu tigh a thogail, posaidh an gille, agus ann am beagan bhliadhnaichean bithidh teaghlach gasda ur a fas suas lamh ri teaghlach athar. Nichear an tomhas ciadna ris an darna mac agus ris gach mac a thig gu ire duine; agus mur an bi fearann gu leoir ann gu dol mu'n cuairt cuidichidh an teaghlach gu leir na gillean oga gu tuilleadh a cheannach. Fuiridh am mac a's oige comhla ri athair agus gheibh e an t-sean dachaidh.⁹⁴

Lean D. M. E. air ag innse nan tionndaicheadh na Gàidheil gu nòs nam Frangach, gheibheadh iad fearann mar bu chòir dhaibh fhaighinn.⁹⁵ B' àibhist do Gàidheil Ghlinne Garraidh am baile a chumail san aon teaghalch: thugadh e don mhac a bu shine is an uair sin bhiodh aige ri airgead, crodh, caoraich, no fearann beag a thoirt dha bhràithrean no dha pheathraichean.⁹⁶ Ach ma dh'fhaoidte nach robh pàrantan Gàidhealach a' dèanamh an aon oidhirp, mar a thuir D. M. E., a rinn na Frangaich gus taic a thoirt don dàrna, treas, no cheathramh mac airson fearainn fhaighinn.

Tha an seachas a bh' aig D. M. E ag èirigh puing eile: bha an t-siorramachd ag atharrachadh. Ann an 1861 bha na Frangaich Chanadach a' cunntachadh mar 6% de dh'àireamh an t-sluaigh ann an Gleanna Garradh; ach ann an 1901, dh'fhàs an t-àireamh sin faisg air 33%.⁹⁷ Sgrìobh an t-ùghdar Dorothy Dumbrielle à Bail' Alasdair san leabhar aice *Braggart in My Step* (1956): "Ever since coming to Glengarry, thirty years ago, I have felt that the County was losing

⁹⁴ D. M. E., "An Gaidheal 's am Fearann," *Mosgladh*, an Giblean 1929, vol. 1, no. 2, t.d. 36-7.

⁹⁵ *Ibid*, 37.

⁹⁶ Airson eisimpleirean, faicibh MacMillan *et al*, *Butternuts and Maple Sugar*, 144, 158, 181, agus 184.

⁹⁷ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 156.

its connection with early tradition, due to the infiltration of French-speaking Canadians into a district once solidly Scotch.” Bha Seòras Sandfield Dòmhnallach den aon bheachd ro chiaradh na naoidheamh linn deug:

There can be little doubt that, for the last decade, Eastern Ontario has been the theatre of a movement *out* of the Kelts, their place being taken by the Canadian French. The change has already gone sufficiently far to lead a stranger to believe that the original settlement must have been as much French as Keltic. [...] The stirring life and new openings of the West have attracted so large a portion of the fresh blood of the district, that a large decrease has resulted. Hence the common sight of a farm inhabited by the heads of the family, whilst the younger members are in other regions nearer to the Pacific. In many cases the homestead has been left altogether, and is taken up in turn by the French-Canadian.⁹⁸

Ma dh’fhaoidte gun robh in-imrich nam Frangach a’ toirt buaidh neo-dhìreach air a’ Ghàidhlig.

Tha e cudromach ri ràdh ge-tà nach robh strì ann eadar na Gàidheil is na Frangaich san fharsaingeachd. Thuirt Royce MacGilleBhràith, “A very important achievement is that Glengarrians of two racial groups, French and Scottish, have lived together amicably over a long period of time...”⁹⁹ Tha cunntasan ann gun do dh’ionnsaich na Frangaich a’ Ghàidhlig.¹⁰⁰ Tha naidheachd èibhinn ann an Lochiel Township gun do dh’ionnsaich Fabien Lefebvre (1897-1979) Gàidhlig le tuiteamas. Chuir a phàrantan e gach latha gu taigh an nàbaidh, Dannaidh Maoiles MacGilleMhaoil, gus Beurla a dh’ionnsachadh; ach dh’ionnsaich Dannaidh Maoiles dha a’ Ghàidhlig gun fhiosta do Fabien gur i a’ Ghàidhlig a bha e ag ionnsachadh.¹⁰¹

⁹⁸ MacDonell, “The Literary Aspect of the Keltic Settlement,” 127.

⁹⁹ Royce MacGillivray, “Ralph Connor’s Glengarry: A Report on Glengarry,” *International Review of Scottish Studies*, 4 (1974), 15.

¹⁰⁰ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 282.

¹⁰¹ MacMillan *et al*, *Butternuts and Maple Sugar*, 159; agus Harold MacMillan, agallamh leis an t-ùghdar, an Giblean 17, 2017, clàradh, 33:05. San dreuch aig Àrailt, b’ e Johnny Miles an àite Danny Miles a bh’ ann.

Cha sheas càirdeas air aona chois mar a nì gèadh air latha fuar, is cha do sheas a' Ghàidhlig fada air bheag càirdeis. Theireadh gun robh i a' faighinn bàs gu math luath aig toiseach na ficheadamh linn: “virtually no one in the younger generation was taking the time to learn it.”¹⁰² On a tha ri fhaicinn bho sheanchas Aonghais Òig agus R. I. Grannd bha i aig ìre chunnartach ann an leabaidh a bàis le giorrad-analach. Bha iomadh adhbharan mar chion-foghlaim, chion-fearainn, às-imrichean, in-imrichean, bhochdainn, bheachdan aineolach, agus smaointinn àicheach a bha a' breabadh na Gàidhlig rè ceann na naoidheamh linn deug is toiseach na ficheadamh linn deug. Ghabh i a h-anail mu dheireadh nuair a chaochail Alastair MacDhòmhnaill, Kenyon Township, ann an 2001. Air an leac-lighe a tha càraichte os a chionn leughar “LAST KNOWN GAELIC SPEAKER OF ONTARIO.”¹⁰³

2.4: Ionadan àrd-fhoghlaim a' toirt urram don Ghàidhlig

A' dol air ais gu tobair *Mhic-Talla* ge-tà, far a bheil beagan fianais air na bha cuid de Ghàidheil Ghlinne Garraidh a' dèanamh gus urram a thoirt don Ghàidhlig aig ceann na naoidheamh linn deug. San àireamh 1 Dùbhlachd 1894, sgrìobhadh iomradh air dithis dhaoine a bha a' toirt seachad duais airgid airson foghlaim Gàidhlig. A' chiad dhiubh b' e M. C. Camaran a bh' ann à Goderich, Ontario. Bha e a' buileachadh duais fiach \$60 do Cholaiste na Banrìghe a bha ga toirt seachad gach bliadhna do sgoilear Gàidhlig. An dàrna fear b' e Màidseir Ruairidh MacGill-Fhinnein à Gleanna Garradh a bha a' toirt duais bhliadhnail airson foghlaim Gàidhlig aig

¹⁰² MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry Biography*, 296.

¹⁰³ Tha e fon fhòid ann an cladh Loch Iall aig Sgìre Naoimh Alastair, Concession 4, Lochiel Township.

Colaiste na h-Eaglais Chlàireach ann am Montréal.¹⁰⁴ Bhiodh na duaisean sin a' toirt urram don Ghàidhlig mar chànan a bha airidh air àrd-sgoilearach agus a' cuideachadh oileanach le taic maoineachais. Mar a sgrìobh deasaiche *Mhic-Talla*, “Tha ’n dithis dhaoin’-uaisle so a toilltinn cliù mor air son an dillseachd do chainnt an dùthcha, agus tha sinn an dòchas gu’n tig tuilleadh Ghàidheal gu bhi ris an ni cheudna.”¹⁰⁵ Trì bliadhna às dèidh sin, bha M. C. Camaran fhathast a’ buileachadh duais foghlum Gàidhlig do Cholaiste na Banrìghe, ach an uair sin b’ ann anns a’ Bhail’ Ùr, ann an “Greater Glengarry,” a bha e a’ fuireach.¹⁰⁶ Bha an sgoilearachas Gàidhlig aig Oilthigh na h-Eaglais Chlàireach ann am Montréal fhathast air a thoirt seachad sa bhliadhna 1936 nuair a ghabh Dòmhnall MacGilleMhaoil, an t-ùghdar de *The Kirk of Glengarry*, taisbeanadh aig a’ cho-ghairm.¹⁰⁷

San àireamh 20 Cèitean 1896, chithear gun robh seanadh de dh’Oilthigh na h-Eaglais Chlàireach ann am Montréal a’ feuchainn ri suim (còig mìle dolar air a’ char as lugha) a thogail is a chur ann am maoin fa leth gus foghlum Gàidhlig a stèidheachadh san oilthigh. Bhathas a’ teagasg na Gàidhlig san oilthigh sin o chionn bliadhna 1880, rud a sgrìobhadh ann am *Mac-Talla* nach robh air a “dheanamh ann an oil-thigh eile an Canada, no an America.”¹⁰⁸ B’ e an t-Urr. Niall Mac na h-Innse (bàs 1905) an t-ollamh a bh’ ann. Theireadh gur esan “sgoilear Gailig cho

¹⁰⁴ *Mac-Talla*, an Dùbhlachd 1, 1894, vol 3, no. 22, t.d. 5.

¹⁰⁵ Ibid.

¹⁰⁶ *Mac-Talla*, an t-Samhain 19, 1897, vol. 6, no. 21, t.d. 4.

¹⁰⁷ MacMillan, *The Kirk in Glengarry*, 449.

¹⁰⁸ *Mac-Talla*, an Cèitean 20, 1896, vol. 4, no. 47, t.d. 1.

math 'sa tha 'n America.’’¹⁰⁹ Ma bheirear sùil air liosta de na sgrìobh e, chithear gun robh e eòlach air cuspairean farsaing ann an saoghal nan Ceilteach.¹¹⁰ Rugadh Mac na h-Innse ann an Albainn ann an Earra-Ghàidheal, ach dh'imrich e gu Canada nuair a bha e glè òg. Chaidh e gu Oilthigh Toronto, Dhùn Èideann, is Ghlaschu. Bha e òrdaichte san t-Seann Dùthaich. Thòisich e mar mhinisteir ann an Eaglais Naoimh Iain, Bail' Ùr, sa bhliadhna 1868.¹¹¹ A-rèir na chaidh a sgrìobhadh ann am *Mac-Talla* sa bhliadhna 1896, bha mu thuaiream 150 co-thional feumach air ministerean Gàidhlig eadar Ontario, Québec, agus na mòr-roinntean taobh an ear.¹¹² Bha ceithir co-thionalan feumach air ministerean Gàidhlig ann an Eaglaisean Clèireach ann an Gleanna Garradh mun àm sin.¹¹³ Thuirt *Mac-Talla* gun robh e “na h-odheirp chliùitch” a bha iad a' dèanamh gus ministerean Gàidhlig, a bha gann aig an àm, a chur am meud.¹¹⁴ Eadar 1928 gu 1930, bha a' chùbaid ann an Dùn Bheagan air an lìonadh le sgoilearan Gàidhlig bho Oilthigh na

¹⁰⁹ *Mac-Talla*, an Cèitean 20, 1896, t.d. 1.

¹¹⁰ Mar eisimpleir, ann an *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. I, sgrìobh e “Celtic Prosody,” “The Cornish Language,” “Are the Poems of Ossian of Irish or Scottish Origin?” agus ann an vol. II “A Gaelic Cuneiform Inscription.” Airson liosta neo-choileanta de na sgrìobh e, faicibh MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry Biography*, 562.

¹¹¹ MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry Biography*, 562.

¹¹² *Mac-Talla*, an Cèitean 20, 1896, t.d. 1.

¹¹³ Aonghas Mac'IlleMhaoil, “A Ghailig an Gleann-a-Garraidh,” *Mac-Talla*, an t-Sultain 23, 1893, vol. 2, no. 13, t.d. 4.

¹¹⁴ *Mac-Talla*, an Cèitean 20, 1896, t.d. 1.

h-Eaglais Chlàireach Mhontréal.¹¹⁵ Leis an ionnsachadh suid, dh'fhaodadh duine cosnadh fhaighinn sa Ghàidhlig.

¹¹⁵ Donald N. MacMillan, *The Kirk in Glengarry* (Canada, D.N. MacMillan, 1984), 233.

Caibideil 3: “Clanna nan Gàidheal an Guailibh ri Chèile”

3.1: Càirdeas is dàimhean ann am *Mac-Talla*

Mar a chaidh iomradh ann an caibideil a h-aon, bha daoine air feadh an t-saoghail a’ gabhail *Mhic-Talla*. A rèir Robert Dunbar, b’ e *Mac-Talla* “a means by which contacts within a global Gaelic diaspora could be maintained and extended.”¹¹⁶ Sgrìobh daoine a-steach bho Albainn, na h-Innseachan, Astràilia, Shealainn Nuadh, na Stàitean Aonaichte, agus Chanada. Fhad ’s a bhiodh iad a’ leughadh litrichean ann am *Mac-Talla*, bhiodh iad a’ fàs na bu eòlaiche air leughadairean is sgrìobhadairean eile. Chuireadh iad fàilte chridheil air a chèile tro dhuilleagan *Mhic-Talla*. Dh’fhàs seòrsa de chleamhnas eatorra. Chithear ann an cuid de shreathan bho “Òran Molaidh” a rinn Coinneah A. MacFhearghais à L’Ardoise, Ceap Breatann, a chaidh fhoillseachadh san àireamh 16 Dàmhair 1903, gun do bhrosnaich an càirdeas a lorg e ann am *Mac-Talla* ris a chuid bàrdachd:

Tha “Peigidh Phabach” laghach, còir,¹¹⁷
 Na bana-Ghàidheil làn de spòrs
 ’S de bhriathran ait, a bheir air òg
 ’S air aois ’bhi subhach;
 Gu ma fada ’h-ainm an clò,
 ’S a peann na shiubhal.

Tha “Bodachan a’ Ghàraidh” mall
 Gu bhi ’cur litrichean a nall
 O thìr an fhraoich, nam bàgh ’s nam beann,
 ’S na fiùrain thapaidh;
 Ach ’s mor am math a thig o ’pheann
 ’Nuair ni e ’ghlacadh.

[...]

¹¹⁶ Robert Dunbar, “Gaelic Periodicals and the maintenance and creation of networks,” 122.

¹¹⁷ B’ e Peigidh Phabach an t-ainm-sgrìobaidh a bh’ air Dan Mac a’ Phearsain. Bha e na fhorman san oifis aig Eòin MacFhionghain. Chuireadh e litrichean is òrain a-steach gu *Mac-Talla* bho Lag an t-Slòcain. Faicibh Michael Linkletter, “The Alexander Maclean Sinclair Papers in NSARM,” *Scotia: Interdisciplinary Journal of Scottish Studies* 27 (2003): 6-21.

Tha “A. M. S.” gu duineil, treun,¹¹⁸
 A’ cur a ghualainn le mor fheum
 Ri ni sam bith a ghluaiseas ceum
 Na cainnt neo-lapach;
 Gu robh mor bhuidh a teachd an déigh
 A’ churaidh thapaidh!¹¹⁹

Chuir MacFhearghais moladh air “Cona,” “Tigh na Coille,” “C. C.,” agus “Cabar-Féidh” san òran cuideachd. Bha e gam moladh mar cho dìleas sa bha iad do *Mhac-Talla* is mar cho buadhmhor sa bha iad ri sgeulachdan is eachdraidh is òrain a chur ris.

Chìtheadh ann am *Mac-Talla* gun cuireadh iad am beannachdan air a chèile is gun do dh’fhàs dàimhean blàth-chridheach eadarra. Aig aon àm, cha chualadh guth bho “Bhodachan a’ Ghàraidh” à Taobh na Locha, ann an Albainn. Chuir sin cùram air daoine, is thòisich feadhainn de na luchd-gabhail ri faighneachd às a dhèidh. Sgrìobh Iain Mac’Illeasbuig à Priceville, Ontario “Feumaidh nach ’eil Bodachan a’ Ghàraidh beò, o nach ’eil sinn a cluinntinn uaithe na ’s trice.”¹²⁰ Nuair a sgrìobh am Bodach mu dheireadh thall gu *Mac-Talla* dà mhìos às dèidh sin, mhìnich e carson a bha e cho fada gun litir a chur thuca: “Chaidh a’ ghàrdaireachd gu mòr ’nam aghaidh air a’ bhliadhna so; agus a dh’ innseadh na firinn dhutsa, cha robh sunnd orm gu sgrìobhadh ugad fhein no gu neach sam bith eile.”¹²¹ Lean e air a bhith a’ bruidhinn mun obair gàrraidh a bha roimhe, is thug e sgeul mu fear gàirnealair do leughadairean *Mhic-Talla*.

¹¹⁸ ’S cinnteach gur e an t-Urr. Alasdair MacIlleathain Sinclair a bh’ ann an A. M. S.

¹¹⁹ Coinneach MacFheargais, “Oran Molaidh,” *Mac-Talla*, an Dàmhair 16, 1903, vol. 12, no. 8, t.d. 2.

¹²⁰ Iain Mac’Illeasbuig, “Litir a Ontario,” *Mac-Talla*, an t-Samhain 14, 1902, vol. 11, no. 10, t.d. 3.

¹²¹ Bodachan a’ Ghàraidh, “Litir a Alba,” *Mac-Talla*, am Faoilleach 23, 1903, vol. 11, no. 15, t.d. 3.

Feumaidh 's gun do chòrd an seachas sin ri Dan Mac a' Phearsain, no Peigidh Phabach mar a theirte ris ann am *Mac-Talla*, on a sgrìobh e na leanas:

Ged a bhithinn air bliadhna dhe 'n MHAC-TALLA fhaotainn a nasgaidh cha bhiodh barrachd moit orm 's a bh' orm an oidhche a leugh mi an litir mu dheireadh a chur “Bodachan a' ghàraidh” ga d' ionnsuidh. Gu ma fada slàn, fallain e air cùl a phinn! Agus ma bhios e gu bràth cho beartach—agus tha mi 'guidhe gu 'm bi—'s gu 'n teid aige air tighinn air chuairt do America, tha mi 'n dòchas gu 'n cuir e oidhche seachad ann an Lag an t-Slocain.¹²²

Seo dìreach aon eisimpleir de na dàimhean ann am *Mac-Talla*, ach bha iomadh duine gu math fialaidh, Gàidhealach ri chèile is fìor-thoilichte naidheachd fhaighinn bho an caraidean *Mhic-Talla*.

3.2: Càirdeas is dàimhean de Ghàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla*

Tha eisimpleirean ann de dhàimhean eadar luchd-gabhail *Mhic-Talla* agus Gàidheil Ghlinne Garraidh mar a tha shuas. San àireamh 16 Sultain 1893, thug Iain MacRuairidh à Sniosart, an t-Eilean Sgiathanach, iomradh air muinntir ann an Canada ris an robh e càirdeach. Bha e cuideachd a' moladh Ghàidheal ann an Canada a bha a' cur litrichean taitneach gu *Mac-Talla*.

Bha Aonghas Òg à Lagan am measg nan ainmichte:

Bheireadh e mor-thoileachadh dhomh fhein agus a dh'iomadh neach eile araon ann an Gaidealtachd na h-Alba agus ann an America a bhith faicinn litrichean o am gu am anns a' MHAC TALLA, coltach ris na litrichean a chuir C. C. ugad a Strath-Alba, P. E. I, agus an seann duine coir, Aonghas Mac Ille-Mhaoil, a Gleann-Garaidh, Ont., agus moran eile. Ged is ann an Canada a rugadh 's a dh'araicheadh Aonghas, cha do chuir e cul ri seana chanain aosda nan Gaidheal riamh, 's cha chuir. Gu ma buan e.¹²³

¹²² Dan Mac a' Phearsain, “Litir a Lag an t-Slocain,” *Mac-Talla*, an Cèitean 1, 1903, vol. 11, no. 22, t.d. 6.

¹²³ Iain MacRuairidh, “Litir as an Eilean Sgiathanach,” *Mac-Talla*, an t-Sultain 16, 1893, vol. 2, no. 12, t.d. 2.

Bha MacRuairidh a' moladh mar cho dìleas 's a bha Aonghas Òg don Ghàidhlig. Thuirt e nach robh e a' faicinn sin, a' mhòr-chuid den àm, ann an Albainn: “Tha car de naire orm gu feum mi aideachadh gur ann a tha cuid mhor de na Gaidheil a th' ann an Alba, cha'n e mhain caoin-shuarach mu 'n Ghailig, ach eadhon a' deanamh tair is tarhuis oirre.”¹²⁴ Bha am meas a bh' aig na Gàidheil air a' Ghàidhlig mar chumhachd neo-fhaicsinneach gan ceangal ri chèile.

B' e àite fosgailte a bh' ann am *Mac-Talla* far am faodadh na Gàidheil air feadh an t-saoghail a' tighinn còmhla agus ag innse mu na fiosraichean no mu na h-uallaichean a ghiùlain iad mar Ghàidheil ann an Albainn no ann an dùthaich chèin. Dh'fhaodadh iad am faireachdainnean a sgrìobhadh sìos mar ciamar a chaidh e leotha an cultar a chumail suas, no a bhith a' faicinn crìonadh na Gàidhlig, no a' dèiligeadh ri daoine a bha a' cur an cùil rithe, no fiù 's a' co-roinneachadh chuimhnichean tlachdmhor. Mar a chithear san litir a sgrìobh Dòmhnall Rothach gu *Mac-Talla* san àireamh 18 Faoilleach 1896, bha e a' gabhail cho-fhaireachdainnean leis na sgrìobh R. I. Grannd roimhe bho Ghleann Chashion, Charlottenburgh Township:

Thachair dhòmhsa bhi air an aon ruith ri R. I. Grannd, á Gleann Chashion, an Ontario; cha d'fhuair mi ach an droch chothrom air a Ghàilig ionnsachadh ann an làithean m'òige, agus mar sin cha'n eil annam ach an droch sgoilear Gàilig. 'Nuair a bha mise dol dh'an sgoil ann am paraiste an t-Srath, cha robh chridhe againn an aon fhacal Gàilig a bhruidhinn, oir rachadh ar sgiùrsadh air son a bhi 'labhairt cainnt ar màthar. 'Sann mar sin a bha'n luchd-riaghlaidh a' deiligeadh ris na Gàidheil 'san àm ud.¹²⁵

Bha an Rothach ag aontachadh leis na fhiosraich R. I. Grannd, agus bha e cuideachd a' cur sealladh den droch àm a bhiodh aca fhèin sna sgoiltean far an robh esan ann an Sealainn Nuadh. Dh'fhaodadh na Gàidheil a' tighinn còmhla ann an duilleagan *Mhic-Talla*.

¹²⁴ MacRuairidh, “Litir as an Eilean Sgiathanach,” t.d. 2.

¹²⁵ Dòmhnall Rothach, “Litir a New Zealand,” *Mac-Talla*, am Faoilleach 18, 1896, vol. 4, no. 28, t.d. 4.

Bha *Mac-Talla* cuideachd a’ sealltainn na dàimhean a bha stèidhichte ro làimh. San àireamh 17 Samhain 1894, dh’fhoillsich *Mac-Talla* òran don t-Urr. Ruairidh MacLeòid le charaid, Calum MacAsgaill, Calum mac Iain mhic Phadruig, à Bearnaraigh sna Hearadh. Bu mhac esan don bhana-bhàrd, Màiri nighean a’ Gobha (bàs 1836) piuthar Iain MhicGilleMhoire (1790-1852) no Iain Gobha na Hearadh mar a theirte ris.¹²⁶ Bha bàrdachd san fhiodh aig Calum. Chaidh cuid den dàin aige fhoillseachadh san leabhar *Orain Chaluim* (1970) a bha deasaichte le Ailig MacGilleMhoire.¹²⁷

Bha an dàn do MhacLeòid còig rannan a dh’fhaide le ochd loidhneachan anns gach rann. Theireadh sa phàipear-naidheachd cha robh “ach ùine ghoirid” on a sgrìobh MacAsgaill e.¹²⁸ Chunnacas ann an caibideil a h-aon gun do ghabh MacLeòid sgrìob do na Hearadh sa bhliadhna 1893, ach tha coltas sa bhàrdachd aig Calum nach fhaca iad a chèile o chionn iomadh bliadhna. Ma dh’fhaoidte gun d’ rinn MacAsgaill an t-òran ro 1893:

Beannachdan uainn le deagh dhùrachd
 Do ’r n-ionnsuidh do ’n dùthaich sin thall;
 Bu mhiann leinn air fad a bhi dlùth dhuibh,
 Ach, c’ uin a bhios sùil ribh a nall?
 ’S e eagal a th’ oirnn ann am Beàrntraigh,
 G[u]n dean sibh a’ Ghàilig a chall,
 ’S nach bi sibh, a sheachduin no ’Shàbaid,
 A’ labhairt ach cànan nan Gall.
 ’Si Ghàilig a b’ fhearr leinn co-dhiu,
 ’S ann aice gu bràch ’bhios an cliù,
 ’Si Bheurla deireadh gach cànan,

¹²⁶ *Mac-Talla*, an t-Samhain 17, 1894, vol. 3, no. 20, t.d. 6; agus George Henderson, *Dain Iain Gobha: The Poems of John Morison* (Glasgow: Archibald Sinclair, 1896), i.

¹²⁷ Faicibh Malcolm MacAskill, *Orain Chaluim*, deasaichte le Alick Morrison (Glasgow: Alexander MacLaren & Sons, 1970).

¹²⁸ *Mac-Talla*, an t-Samhain 17, 1894, vol. 3, no. 20, t.d. 6.

Cha 'n fheum sinn a' càineadh gu cùl.¹²⁹

Chan eil an t-seachas a bh' aig MacAsgaill mun chuid Gàidhlig MhicLeòid ag aontachadh leis na sgrìobh MacLeòid fhèin gu *Mac-Talla* fiù 's na thuigear bho eachdraidh a bheatha. Ach ma dh'fhaoidte gun do ghabh MacAsgaill cothrom a' bhàird agus b' e sin an dòigh aige teachdaireachd threòireach a thoirt do MhicLeòid gus a bhith ag innse dha gun robh a' Ghàidhlig is creideamh cudromach ri chumail suas.

Thòisich Calum an dàn leis a bhith ag ràdh gun d' fhuair e an litir a chuir MacLeòid thuige is gun robh e toilichte a' cluinntinn gun robh MacLeòid slàn fallain. Lean e air a bhith ag innse mu Bhearnaigh fhèin: an aimsir ghrianach is an obair bhuannachd a thigeadh san fhoghar. Bha Calum cuideachd a' moladh MhicLeòid ann an dòigh àbhaisteach a bh' aig na Gàidheil: chithear ann am pàirt den cheathramh rann a leanas gun robh e a' moladh a' chinneadh aige:

'S luach thu de threubh [n]am fìor Leòdach,
An treubh do'm bu nòs a bhi fial,
A choisinn gach cliù 's urram òirdhearc
Le gluasadan còire 's le ciall;¹³⁰

Tha an t-òran a' sealltainn a' cheangail a bh' ann eadar MacLeòid is MacAsgaill. Chaidh a chur gu *Mac-Talla* bho dhaoine à Dùn Bheagan (ma dh'fhaoidte MacLeòid fhèin), agus tha sin, mar an ceudna, a' leigeil le daoine fhaicinn gun robh an dàimh sin cudromach gu leòr do Ghàidheil Ghlinne Garraidh gun cuireadh iad an t-òran sin gu *Mac-Talla*.

¹²⁹ *Mac-Talla*, an t-Samhain 17, 1894, t.d. 6.

¹³⁰ Ibid.

Dh'fhaodadh bàrdachd a chaidh fhoillseachadh ann am *Mac-Talla* a' sealltainn seann dàimhean cuideachd. Chithear sin sna dàin a nochd anns a' phàipear-naidheachd a rinn Anna NicGilliosa, bana-bhàrd à Mòrar a dh'imrich bho Chnòideart sa bhliadhna 1786 air an luing *McDonald* gu Gleanna Garradh. Tha sgleò air eachdraidh a beatha: chan eil e cho buileach soilleir cò bh' innte. Bha seann bheachd ann an Albainn Nuaidh gur ise màthair do dh'Iain Sandfield Dòmhnallach (1812-1872) (a' chiad phrìomh-mhinistear de dh'Ontario), ach tha e nas coltaiche gur i màthair do dh'Iain Dòmhnallach (Maighstir Iain) (1782-1879), ministear aig Naomh Raphael, Charlottenburgh Township, a bh' innte.¹³¹ Mas fìor sin, rugadh i sa bhliadhna 1759 is chaochail i sa bhliadhna 1847. Bha i mu 27 bliadhna a dh'aois nuair a dh'imrich i gu Canada. Phòs i Iain Ruadh MacDhòmhnail, agus bha 14 clann aca.¹³² A rèir na sgrìobh cuideigin bho Chamus sa *Chasket*,¹³³ san àireamh 7 Sultain 1893, bha “móran de chairdean di anns an tìr so fhéin” i.e. Alba Nuadh.¹³⁴

Tha e follaiseach gun do ghlèidh muinntir na h-Albann Nuaidh a cliù na b' fheàrr na muinntir Ghlinne Garraidh e. Nuair a thàinig Piuthar Mairead NicDhòmhnail, an t-ùghdar de *The Emigrant Experience: Songs of Highland Emigrants in North America* (1982) is neach-cathrach Roinn na Ceiltis aig Oilthigh Naomh Fransaidh Xavier, gu Gleanna Garradh sna 1960an (a dh'fhuireach còmhla ri Anne is Kenneth McKenna) mhothaich i nach robh fios no

¹³¹ MacGillivray, *The Dictionary of Glengarry Biography*, 415; Margaret MacDonell, *The Emigrant Experience: Songs of Highland Emigrants in North America* (Toronto: University of Toronto Press, 1982), nòtaichean: caib. 4, nòta 3; agus Evelyn Gould, làmh-sgrìobhainn, “Descendants of Nancy Gillis,” cruinneachadh prìobhaideach.

¹³² Evelyn Gould, “Descendants of Nancy Gillis.”

¹³³ Pàipear-naidheachd à Baile Mòr, Siorramachd Antigonish.

¹³⁴ Anna NicGilliosa, “Moladh Canada Àrd,” *The Casket*, an t-Sultain 7, 1893, t.d. 3.

cuimhne aig muinntir Ghlinne Garraidh air NicGilliosa.¹³⁵ Dh'ionnsaich NicDhòmhnail ma dèidhinn-se nuair a thachair i ri Malcolm Gillis ann am Margaree. Bha fonn aig Malcolm air aon de na h-òrain aice is rinn e dranndan dheth.

Tha an naidheachd a lorgar ann am *Mac-Talla* a' dol leis an fhiosrachadh shuas. Bha cuimhne aig muinntir Margaree air Anna NicGilliosa aig ceann na naoimheamh linn deug. San àireamh 3 Giblean 1897, bha tè dom b' ainm Mòr bho Mhargaree an Iar-Dheas ag innse mun àm a' dèanamh an t-siùcair bho chraobhan-mhalpais is thug i rann bhon òran “Moladh Canada Àrd” le NicGilliosa a-steach don t-seanchas aice:

Gheibhear siùcar á' craoibh
Ach an goc 'chur 'n a taobh,
'S cha dochair e h-aon d' a géugaibh.¹³⁶

Chaidh “Moladh Canada Àrd” fhoillseachadh san àireamh 7 Sultain 1893 den *Chasket* cuideachd.¹³⁷ Bha an t-òran “Òran Luchd-Imrich” no “O, Siud an Taobh a Ghabhainn” le NicGilliosa ann an leabhar sgeadaichte Aonghais Steaphain Pheutain, agus bha an t-aon òran air a chlàradh bho Mhairead Nic'Illeathain, Mairead Bean Ruairidh Iagain Ruairidh, à Baghasdail, Ceap Breatann.¹³⁸ Bha daoine ann an Albainn Nuaidh eòlach air NicGilliosa aig aon àm.

¹³⁵ Margaret MacDonell, còmhraidh leis an t-ùghdar, an t-Ògmhios 22, 2018.

¹³⁶ Mòr, “Litir a S. W. Margaree,” *Mac-Talla*, an Giblean 3, 1897, vol. 5, no. 39, t.d. 4.

¹³⁷ NicGilliosa, “Moladh Canada Àrd,” t.d. 3.

¹³⁸ Faicibh Angus Stephen Beaton, làmh-sgrìobhainn, “Gaelic Songs,” *Angus Beaton Collection*, Nova Scotia Highland Museum, t.d. 130; agus Mairead Nic'Illeathain, “O Siud an Taobh a Ghabhainn,” clàradh le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach agus Iain Seathach, *Tobar an Dualchais*, 1988, clàradh 1:57, <http://tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/104709>.

Bha dà òran le Anna NicGilliosa ann am *Mac-Talla* gun fhios cò chuir iad a-steach: “Canada Àrd” (no “Moladh Canada Àrd”) agus “Òran Luchd-Imrich” (no “O, siud an Taobh a Ghabhainn”)¹³⁹ B’ iadsan na h-aon òrain a dh’fhoillsich Mac-Talla Publishing bliadhna às dèidh sin ann an 1904 san leabhar a dheasaich an t-Urr. Alasdair MacIlleathain Sinclair air an robh *The Gaelic Bards from 1825 to 1875*. Ma dh’fhaoidte gun robh iad air an cruinneachadh le MacIlleathain Sinclair fhèin no an d’fhuair esan iad bho *Mhac-Talla* -- tha e mì-chinnteach. Ach bha iad ann co-dhiù, agus leis gun tug daoine iomraidhean air a’ bhana-bhàrd ann am pàipear-naidheachdan na h-Alba Nuaidh, tha sin a’ sealltainn gun robh cuimhne acasan air a’ bhana-bhàrd is gun robh dàimh ann eadar muinntir Ghlinne Garraidh agus muinntir na h-Alba Nuaidh aig aon àm co-cheangailte ri Anna NicGilliosa. Tha e cuideachd a’ thairgse eisimpleir de mhuintir bho àite cèin a bha a’ ghleidheadh is a’ cùmail bàrdachd suas bho àite eile. Bhiodh Ghleanna Garradh na bu bho chda gun bhàrdachd Anna NicGilliosa.

3.3: Dàimhean eadar eaglaisean, teaghlaichean, is àitichean cèine

Bha iomradh no dhà ann am *Mac-Talla* mu Ghàidheil Ghlinne Garraidh a chaidh gu Gàidhealtachdan eile ann an Canada. Bhiodh caraidean, ball teaghlaich no, gu sònraichte, ministerean a’ siubhal bho àite gu àite far an robh muinntir amhlaidh. Bha càirdean sgàipte tron dùthaich mar a chithear san t-seanchas a bh’ aig Aonghas Òg do MhacFhionghainn san àireamh 15 Dàmhair 1897: “Nan tachaireach dhomh dol air chuairt do Nova Scotia bhithin an duil càirdean domh a tha ann an Ceap Breatunn, an Antigonish, agus an Eilean a Phrionnsa fhaicinn.

¹³⁹ Airson “Canada Àrd” faicibh Anna NicGilliosa, “Canada Àrd,” *Mac-Talla*, am Màrt 18, 1903, vol. 11, no. 19, t.d. 7; agus airson “Òran Luchd-Imrich” faicibh Anna NicGilliosa, “Òran Luchd-Imrich,” *Mac-Talla*, am Màrt 18, 1903, vol. 11, no. 19, t.d. 8.

Agus gun teagamh sam bith, cha rachinn seachad ortsa na 's mò gun taoghal agad.”¹⁴⁰ Bha iomradh beag eile mu fhear Uilleam MacCoinnich agus fear Mann, de Chompanachd Uilleam agus Mann, bho Ghleanna Garradh a bha ag amharc air an rathad-iaruinn a bhathas a’ togail eadar Port Hawkesbury agus Broad Cove aig an àm. Theireadh gur e “Gaidheil Mac Coinnich, agus mar an ceudna ’fhear-cuideachd, Mann, a fhuair ’arach ann an siorrachd Ghlinn-a-Garaidh, an Ontario, agus aig am bheil Galig gu leor. ’Se so a cheud uair a bha Mac Coinnich ann an Ceap Breatuinn, agus thaitinn an duthaich ris gu math.”¹⁴¹ Dh’fhaodadh obair no càirdeas a’ tarraing Gàidheil Ghlinne Garraidh do Ghàidhealtachdan eile.

Ann am *Mac-Talla*, b’ ann mu dhèidhinn nam ministeirean a bha a’ chuid as motha de dh’iomraidhean mu cheanglaichean Ghlinne Garraidh. Bha ministeirean òga bho Cheap Breatann a’ tighinn is a’ falbh bho Ghleanna Garradh tric gu leòr. Chaidh iomadh fear òg dhan cho-thional Dalhousie Mills ann an Lancaster Township. Bha bràthair an Urr. Nèill MhicCoinnich, bho Abhainn Mheadhanach, Ceap Breatann, na mhinisteir aig Dalhousie Mills fad greis.¹⁴² Fhuair Iain Frisel à Cladach a Tuath gairm aon-ghuthach ann an 1897 bhon aon cho-thional sin. Bha Iain B. MacFhionghain na mhinisteir ann an sin sa bhliadhna 1902, agus fhuair an t-Urr. Uilleam Moireastain gairm a dhol ann ann an 1903.¹⁴³ Seo na sgrìobh *Mac-Talla* nuair a fhuair Moireastain an gairm:

¹⁴⁰ Aonghas Mac’IlleMhaoil, “Litir a Gleann-Garraidh,” *Mac-Talla*, an Dàmhair 15, 1897, vol. 6, no. 16, t.d. 4.

¹⁴¹ *Mac-Talla*, an t-Sultain 1, 1899, vol. 8, no. 8, t.d. 5.

¹⁴² *Mac-Talla*, an t-Iuchar 4, 1896, vol. 5, no. 1, t.d. 2.

¹⁴³ *Mac-Talla*, am Màrt 6, 1897, vol. 5, no. 35, t.d. 5; *Mac-Talla*, an t-Samhain 13, 1902, vol. 11, no. 10, t.d. 2; agus *Mac-Talla*, an Giblean 3, 1903, vol. 11, no. 20, t.d. 2.

Bha trì cheud is ceithir deug de dh' ainmean ris a' ghairm, agus bu Mhoireasdanaich da fhichead is seachd deug dhiu sin, 's bha "Mac" ann an seachd fichead ainm eile. Is coithional fìor Ghàidhealach a th' ann, agus 'se Mr. Moireasdan an treas fear de Mhinisteirean òga Cheap Breutuinn a bhios air a shuidheachadh na 'm measg.¹⁴⁴

Bha eisimpleir eile bho *Mhac-Talla* leis an Urr. Coinneach Gollan ann an Hilton Manitoba.

Rugadh Gollan ann an Loch Abar, Alba, ach dh'imrich e gu Manitoba. Bha e a' searmonachadh ann an Dùn Bheagan, Kenyon Township fad mìos.¹⁴⁵ Tha na h-eisimpleirean shuas a' sealltainn gun robh ceanglaichean ann eadar Gàidheil Ghlinne Garraidh is na Gàidheil gu farsaingean ann an Canada, ann an Albainn, is eadhon ann an Sealainn Nuadh.

¹⁴⁴ *Mac-Talla*, an Giblean 3, 1903, vol. 11, no. 20, t.d. 2.

¹⁴⁵ *Mac-Talla*, am Faoilleach 20, 1899, vol. 7, no. 26, t.d. 8.

Caibideil 4: Na chuir iad gu *Mac-Talla*: dùthchas Gàidheil Ghlinne Garraidh

4.1: Brìgh dhaoine às na sgrìobh iad

Faodar sealladh-dìreach fhaighinn an latha an-diugh air na bha Gàidheil Ghlinne Garraidh a’ dèanamh is a’ smaointinn rè linn *Mhic-Talla* tron seachas a bh’ aca sa phàipear-naidheachd. Bidh na litrichean, na sgeulachdan, is na h-òrain a chuir iad gu *Mac-Talla* a’ toirt sealladh dhuinn, ann an dòigh neo-dìreach, na bha cudromach dhaibh. Mar a sgrìobh Giampietro Gobo agus Lukas t. Marciniak: “Everything is now ethnography: from life stories to analysis of letters and questionnaires, from autobiography to narrative analysis, from action research to performance, to field research lasting from a few days to several years.”¹⁴⁶ No mar a thuirt an t-Oll. Ray Cashman, Oilthigh Indiana, Roinn Beul-Aithris, “on some level all expression is autobiography”.¹⁴⁷ Bidh an litreachas a chuir Gàidheil Ghlinne Garraidh a-steach gu *Mac-Talla* ag innse dhuinn, san latha an-diugh, cò bh’ unnta. Tha trì cuspairean a’ tighinn as cunbhalaiche do dh’uachdar an seachais. ’S iadsan: sinnsearachd, aoigheachd, agus àiteachas.

4.2: Sinnsireachd agus aoigheachd: a’ leantainn dlùth ri cliù an sinnsearan.

Bu shinnsireachd an cuspair a bha a’ nochdadh a bu chunbhalaiche anns na naidheachdan bho Ghleanna Garradh. Bho mu thuaiream 26 aithisgean a thàinig bho Ghleanna Garradh, bha 11 dhiubh a’ beantainn ri sinnsireachd: iomraidhean-bàis, breith, no a’ bruidhinn mu na seann athraichean is màthraichean a dh’fhalbh tìr an dùthchais. Bho mu thuaiream 12 litrichean, bha 3

¹⁴⁶ Giampietro Gobo agus Lukas T. Marciniak, “Ethnography,” *Qualitative research* 3, no. 15-34 (2011), 32.

¹⁴⁷ Ray Cashman, *Packy Jim: Folklore and Worldview on the Irish Border* (Madison: The University of Wisconsin Press, 2016), 233.

dhiubh a' toirt iomradh air sinnsireachd: ag innse shloinnidhean no ag ainmeachadh chinnidhean. Agus bho sheachd òrain bha trì dhiubh a' beantainn ris an aon chuspair: a' toirt cliù air duine nach mairean no a' moladh chinnidhean.

Bha am fear-naidheachd, Aonghas Òg, a' toirt iomraidhean mun t-Seann Dùthaich, air na Gàidheil, is air cinnidhean. A' chiad litir a sgrìobh e gu MacFhionghain, mhìnich e gun tàinig a phàrantan bho Loch Abar, ann an Albainn.¹⁴⁸ San àireamh 28 Màrt 1896, thug e liosta de na cinnidhean Gàidhealach a lorgadh ann an Gleanna Garradh mun àm sin (gun trì bailtean: Bail' Alasdair, Baile nam Mac, agus Baile Lancaster).¹⁴⁹ Mhothaich an t-Urr. Ruairidh MacLeòid an dleastanas a bha Aonghas Òg a' dèanamh ri bhith a' cumail suas cliù a shinnsearan. Bha e ga mholadh san àireamh 9 Màrt 1895, ann an litir fo thiotal "Sloinntireachd".

Thòisich MacLeòid le bhith ag innse a bheachd làidir mun diofar a fhiosraich e fhèin eadar Gàidheil Chanada agus Gàidheil Albannach:

Tha e 'na ni iongatach r'a innseadh gu'n coinnich neach an diugh ris an tuilleadh de dhuinealas ann a bhi a' cumail ri doigh nan aithrichean ann an Canada na ann an Gàidhealtachd na h-Alba. Tha annan cuid de chearnaibh de Chanada, muinntir a chaidh a bhreith us àrach air an taobh so dhe'n chuan, agus chuireadh iad nàire air an càirdean air Alba air son gloine an Gáilig, an cùram mu chumail suas beul-aithris agus gnath-fhacail an sinnsireachd, agus air son mar tha iad a' taisbeanadh na'n déiligeadh ri aon a chéile, gu bheil a' ruith na'n cuislean an fhuil bhlàth a rinn Gàidhealtachd na h-Alba, 'sna linnibh a dh' fhalbh, ainmeil air son a caoimhneis agus a cathrannais. Bha mi gu mòr air mo ghoriteachadh air mo thurus do'n Ghaidhealtachd o chionn da bhliadhna, a bhi 'coinneachadh ris an spiorad spiocach, a tha gu mòr a' tàrmachadh ann am broilleach nan

¹⁴⁸ Mac'IlleMhaoil, "Litir a Gleann-a Garraidh," t.d. 3.

¹⁴⁹ Faicibh "Gaidheil Ghlinn-Garaidh," *Mac-Talla*, t.d. 4. Tha an liosta na h-aon choltas den fhear a chuir Aonghas Òg gu Hamilton Mac'IlleMhaoil far an do mhìnich e gun d' fhuair e am fiosrachadh bho leabhar "cis/sess" (*township assessment rolls*) bhon bhliadhna 1894; Faicibh Aonghas Mac'IlleMhaoil, litir gu Hamilton Mac'IlleMhaoil, 15.

Gall, a' riaghladh ann an cuid de chearnaibh 'sa Ghàidhealtachd. Ma tha neach air son coinneachadh ri fìor Ghàidheil an diugh, feumaidh e amharc air an son 'sna tìrean céin.¹⁵⁰

Cha robh MacLeòid na h-aonar na bheachd-san mu Ghàidheil ann an Albainn. Sgrìobh an t-Oll. Dòmhnall MacFhionghain san àireamh 3 Faoilleach 1901 mu na mhothaich e fhèin: “Agus am measg gach caochladh a thainig 's a dh' fhalbh, tha an Gaidheal, olc air mhaith leinn e, fhuil 's a chànan 's a cheòl, a dhòighean 's a chleachdaidhean, a lìon beag is beag, air call an cumhachd an Albainn.”¹⁵¹

A rèir MhicLeòid bha Gàidheil Chanada a' cumail suas na seann chleachdaidhean a bh' aig Gàidheil bho na làithean a dh'aom na b' fheàrr na Gàidheil Albannach. Agus chùim e air ag innse na naidheachd seo gu *Mac-Talla* mu shloinneadh Aonghais Òig:

Air an la roimhe, thaghail orm, ur caraid, agus fìor Ghàidheal, Aonghas Mac Ille-mhaoil, a tha 'còmhnuidh 'sa Lagan, 'an Canada Uachdrach, agus thug e dhomh fios air a shinnsireacdh mar a leanas:—“Is mise Aonghas Mac Dhomhnuill Mhic Eòghainn Mhic 'Illeasbuig Mhic Dhomhnuill Mhic Iain Mhic Eoghainn Mhic Dhomhnuill Mhic Eoghainn Mhic Iain.”¹⁵²

B' e Gilleasbuig (sinn-seanair Aonghais Òig) an gineadair de luirg MhicGilleMhaoil à Gleann Cinnidh.¹⁵³ Le bhith a' cur a mhic is ogha (a bh' ann an Winnipeg, Manitoba) ri shloinneadh, chunntaich MacLeòid dà ghluìn dheug bho sheanchas. San uair sin, thachair còmhradh cliùiteach le fiamh àbhachdais ann an duilleagan *Mhic-Talla*. Chuir MacLeòid am bòst a leanas ro bheulaibh na leughadairean: “C' àit am faigh sinn Gàidheal is urrainn a shinnsirean a shloinneadh

¹⁵⁰ Ruairidh MacLeòid, “Sloinntireachd,” *Mac-Talla*, am Màrt 9, 1895, vol. 3, no. 36, t.d. 4.

¹⁵¹ Dòmhnall MacFhionghain, “An Fheinn air a h-Uilinn,” *Mac-Talla*, am Faoilleach 3, 1901, vol. 10, no. 21, t.d. 1.

¹⁵² MacLeòid, “Sloinntireachd,” t.d. 4.

¹⁵³ MacMillan, *Bygone Lochaber*, 87.

a mach cho fada sin? Bu mhath leinn cluinntinn mu ’thimchioll.”¹⁵⁴ Gu h-obann, san ath-àireamh, fhreagair Gàidheal a ghairm bho Bhraigh Abhainn a Deas, Siorramachd Antigonish: am fear Alasdair MacDhòmhnuille (1823-1904) fhèin, no Alasdair an Ridse mar a theireadh iad ris, fear bho ghinealach ainmeil de bhàird is de sheanchaidhean bho Dhòmhnallaich Fhionndain air an robh “Sliochd an Taighe”.¹⁵⁵ Le bhith a’ cunntadh a mhac fhèin, ruig Alasdair an Ridse ceithir glùn air fhichead.¹⁵⁶ Chuir sin crìoch air a’ cheist a dh’fheòraich MacLeòid.¹⁵⁷

Tha seachas aig Àrailt MacGilleMhaoil mu Aonghas Òg a tha a’ toirt sealladh air a’ chudrom a thug Gàidheil Ghlinne Garraidh air sinnsireachd is a tha ag aondachadh leis na sgrìobh MacLeòid mu Ghàidheil Albannach:

He was sick for a year. I don’t know what was the matter with him, but he was sick enough that he couldn’t work. He could function but he, he had no strength. So, he went back to Scotland and the remark that was made when he came back from there was: those people over there didn’t know their relatives at all, he says, I straightened them out!¹⁵⁸

¹⁵⁴ MacLeòid, “Sloinntireachd,” t.d. 4.

¹⁵⁵ Effie Rankin, *Às a’ Bhràighe* (Sydney: Cape Breton University Press, 2005), 8.

¹⁵⁶ Alasdair MacDhòmhnuille, “Sloinntearachd,” *Mac-Talla*, am Màrt 16, 1895, vol. 3, no. 37, t.d. 1. Bha mearachd san sloinneadh aige sa chiad turas, ach chaidh a chur gu ceart ann an cola-deug san àireamh 30 Màrt 1895.

¹⁵⁷ Bha nàdar Alasdair an Ridse caochlaideach. Aig amannan, bha e bàigheil, fiosrachail, agus amannan eile bha e spìocach. Rinn e na h-aoirean “Òran Càinidh do *Mhac-Talla*” agus “Aoir *Mhic-Talla*.” Faicibh Michael Linkletter, “Two Satires, Three Men, and a Gaelic Newspaper: A Nineteenth-Century Tale,” ann an *North American Gaels: Speech, Story, and Song in the Diaspora*, deasaichte le Natasha Sumner agus Aidan Doyle, (McGill-Queen’s University Press, 2020), 370 agus 376, Kindle.

¹⁵⁸ Harold MacMillan, agallamh leis an t-ùghdar, an t-Ògmhios 19, 2017, clàradh, 34:52. Tha fiaradh san t-seachas seo on a rugadh Aonghas Òg ann an Canada. Cha deach e “back to Scotland” ach feumaidh ’s gun robh e a’ dèanamh taghal air càirdean ann an Albainn.

Dh'innis Aonghas Òg da chàirdean ann an Albainn cò ris an robh iad càirdeach. Tha naidheachd mar seo a' sealltainn mar cho prìseil 's a bha agus 's a tha sloinntireachd ri Gàidheil Ghlinne

Garraidh. Mhìnich Royce MacGilleBhràith a' phuig sin sa bhliadhna 1974:

What most distinguishes the Glengarry Scots of every part of the county, and of today as well as the past, from most other Ontario people is [...] an almost Mediterranean sense of the importance of family relationships, of kindred. While no clan feeling of any kind survives in Glengarry, the sense of being part of a blood family, in which the individual is bound to even the remotest cousin by a special bond, is something a Glengarry Scot absorbs from his earliest years. The question, among Glengarry Scots, of who some fellow Glengarrian is almost always to a large extent and often is principally a question of where he fits into some known network of kinship.¹⁵⁹

Tha seachas a bharrachd aig Anne Neuman, sìol Iain mac Eòghainn Bhàin MhicGilleMhaoil,

Lochiel Township,¹⁶⁰ a tha a' sealltainn ciamar a bha sloinntearachd pàirt den bheatha

làithearach aig Gàidheil Ghlinne Garraidh:

I have always been raised with this knowledge and this background. Uhm. We just talked about it after dinner table. We'd have dinner. We as children would just sit at the table with our hands in our lap and just listen to the old people talk about people that had gone before, people that were coming home to visit, just people around the countryside. And then as they finished off the topic, if they had said something that really wasn't quite nice about somebody, our Uncles would always say, "Now you didn't hear that, did you?" And we just had to keep it to ourselves.¹⁶¹

Bhiodh iad a' bruidhinn mu na seann daoine gu cunbhalach is gu làitheil, is mar sin bhiodh iad gan cumail nan cuimhne.

¹⁵⁹ MacGillivray, "Ralph Connor's Glengarry," 22.

¹⁶⁰ Chaidh Alasdair MacGilleMhaoil, no Alasdair a' Chùpair mar a theirte ris, (seanair Iain) thar sàile air an luing am *Pearl* ann an 1773. Chaidh e air ais a dh'Albainn is an uair sin gu Gleanna Garradh air an luing *McDonald* ann an 1786. Faicibh Anne Neuman, "Interview with Anne Neuman in Glengarry Ontario," agallamh le Sìùsaidh Nic a' Mhaoilein Cains, an Lùnastal 22, 2019, fiolm, 29:50, <https://www.youtube.com/watch?v=o4BaLLeifNs>.

¹⁶¹ Neuman, agallamh.

Annas na h-iomraidhean-bàis de Ghàidheil Ghlinne Garraidh a nochd ann am *Mac-Talla*, chithear gun robh spèis aca air na seann daoine. San àireamh 21 Sultain 1895, chaidh innse mu chruinneachadh airson sliochd Dhonnchaidh MhicDhiarmaid.¹⁶² Rugadh Donnchadh ann an Siorrachd Pheairt faisg air Loch Tatha sa bhliadhna 1757, agus chaochail e ann an Gleanna Garradh sa bhliadhna 1847.¹⁶³ Theireadh ann am *Mac-Talla* gun robh e na shaighdear “fo bhratach Rìgh Deòrsa” rè Armach nan Geangach (1775-1783) agus na èildear ann an Eaglais na h-Alba.¹⁶⁴ San àireamh 22 Cèitean 1897, bha iomradh-bàis mu Iain Mac’IlleMhaoil à Gleann Sandfield, Lochiel Township, a chaochail aig aois 81. Chaidh a mholadh mar fhear a thàinig bhon t-Seann Dùthaich agus a bha bàigheil is taiceil:

...chaochail ann an Gleann Sandfield, an Ontario, Iain Mac’Ille-mhaoil, fear de na daoine bu shine ’s bu mheasaile ’s an sgìreachd; bha e ceithir fichead bliadhna ’sa h-aon a dh’ aois. Rugadh Mr. Mac’Ille-mhaoil ann an Cinntàile, an sgìreachd Ghlinn-Shiel, ann an siorrachd Rois, anns a’ bhliadhna 1816; thainig e air imrich do Chanada ’sa bhliadhna 1841, maille ri ’athair ’s ri ’mhàthair, dìthis pheathraichean us triùir bhràithrean. Bha e ’na dhuine còir, caoimhneil, a bha ’n còmhnuidh deiseil gu lamh chuideachaidh a thoirt do neach a bhiodh feumach.¹⁶⁵

Dh’ainmicheadh an sgìre far an d’ rugadh e, a theaghlach a chaidh thar sàile còmhla ris, is a nàdar stòlda, ciùin.

On a bhith a’ leughadh an dà iomradh-bàis seo, chithear na feartan a bha cudromach do Ghàidheil Ghlinne Garraidh gum feumadh iad an sònrachadh a-mach. Tha a’ mhòr chuid dhe na

¹⁶² *Mac-Talla*, an t-Sultain 21, 1895, vol. 4, no. 11, t.d. 5.

¹⁶³ Genealogical Record of Duncan McDermid, làmh-sgrìobhainn, the Glengarry Pioneer Museum, Dunvegan, Ontario, t.d. 1.

¹⁶⁴ *Mac-Talla*, an t-Sultain 21, 1895, vol. 4, no. 11, t.d. 5.

¹⁶⁵ *Mac-Talla*, an Cèitean 22, 1897, vol. 5, no. 46, t.d. 5.

feartan a' beantainn ri dùthchas. Mhìnich Iain MacAonghais am facal seo a tha teas meadhan cultar nan Gàidheal mar na leanas: "The complexity involved can be appreciated by reflecting on the range of meaning: *dùthchas* is ancestral or family land; it is also family tradition; and, equally, it is the hereditary qualities of an individual."¹⁶⁶ Bha Donnchadh MacDhiarmaid agus Iain Mac'IlleMhaoil comharraichte mar Ghàidheil a thàinig bhon t-Seann Dùthaich. Ged a bha na daoine sin air an suidheachadh ann an dùthaich ùr agus, ma dh'fhaoidte, nach robh an ginealach a sgrìobh na h-iomraidhean-bàis sin a-riamh roimhe ann an Albainn, chuir iad am fiosrachadh sin san iomradh *Mhic-Talla* on a bha e brìoghmhor is cudromach dhaibhsan ri ràdh.

Bha Donnchadh MacDhiarmaid cuideachd air a chòmhrachadh mar èildear do dh'Eaglais na h-Alba. Bha cuid de Ghàidheil Ghlinne Garraidh san Eaglais Chlàireach gu math buailteach ris an ath-bheòthachadh cràbhach ann an 1864-1865.¹⁶⁷ Aon de na sgeulachdan a chuir Dòmhnall MacDhiarmaid (faicibh caibideil a h-aon) gu *Mac-Talla*, b' e sgeul a dh'innseadh gu balaich gu bhith a' taobhadh ri stuamachd -- gnìomh a dh'èirich bhon ath-bheòthachadh sin.¹⁶⁸ Chunnacas san iomradh-bàis mu Iain Mac'IlleMhaoil gun d' fhuair e cliù air sgàth 's gun robh e fialaidh "deiseil gu lamh chuideachaidh a thoirt do neach a bhiodh feumach."¹⁶⁹ Tha a' phuing sin a' nochdadh ann an sgeul eile a sgrìobh MacDhiarmaid mun t-siorramachd san àireamh 11 Lùnastal 1894:

¹⁶⁶ John MacInnes, "The Panegyric Code in Gaelic Poetry and Its Historical Background," *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 50 (1976-1978), 452.

¹⁶⁷ MacGillivray, "Ralph Connor's Glengarry," 22.

¹⁶⁸ Faicibh, Dòmhnall MacDhiarmaid, "Nadar a' Ghaidheil," *Mac-Talla*, an Dàmhair 19, 1895, vol. 4, no. 15, t.d. 1.

¹⁶⁹ *Mac-Talla*, an Cèitean 22, 1897, t.d. 5.

Gus latha 'n diugh tha sliochd 'nan daoine sin cho caoimhneil 's cho [b]làth-chridheach 'sa bha 'n aithrichean, agus 'nuair a thaghaileas caraide no coigreach orra ni iad a bheatha leis geach ni a's fhearr na chéile bhios am broinn an taighe. Agus b' onarach a thainig orra bhi càirdeil agus fialaidh.¹⁷⁰

Bha e pàirt den fheallsanachd aca a bhith fialaidh agus làmh cuideachaidh a thoirt do làmh èiginn. Bha an aon bheachd aig Royce MacGilleBhràith agus Eòghann Ros ann an *A History of Glengarry*: “We have decided that Glengarry has a “mystique”—a sense of something special about it—and we believe its genesis was in this belief in hard work, frugal living, and a sense of responsibility to yourself and to your neighbours.”¹⁷¹

Bha aithisgean ann am *Mac-Talla* cuideachd mu na bha Gàidheil Ghlinne Garraidh ri dhèanamh aig an àm ud. Sa bhliadhna 1894, bha cruinneachadh mòr aca ann an Cnoc na h-Eaglais, Lochiel Township. Chaidh còig iomraidhean fhoillseachadh ann am *Mac-Talla* an lùib an tachartais seo. San àireamh 1 Sultain 1894, chaidh innse gun robh iad “a’ cur rompa air an fhoghar so cruinneachadh mòr a bhi aca mar chuimhneachan urramach air beatha agus saothair an aithrichean a shuidhich 'sa cheart àite dìreach ceud bliadhna roimhe so. Tha iad mar an ceudna dol a chur suas càrn-chuimhne dhaibh.”¹⁷² San àireamh 15 Sultain 1894, chaidh innse na thachair air an latha mòr sin. Theireadh gun robh innealan sònraichte air an làraich a chleachd an sinnsearan sna làithean a dh’aom:

Bha tri bràthan ann leis am biodhte bleith a choirce 's an eòrna mu'n d' thainig muillein gu bhi cho pailt 'sa tha iad an diugh. Buinidh té dhiubh do dh' Aonghas Mac Cuaig, Cnoc na h-Eaglais, agus tha beul-a[i]thris ag radh gu robh i ann an campa Mhorair Shiport

¹⁷⁰ Dòmhnall MacDhiarmaid, “Domhull a Chogaidh agus Ailein Tailleir,” *Mac-Talla*, an Lùnastal 11, 1894, vol. 3, no. 6, t.d. 1.

¹⁷¹ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, xii-iii.

¹⁷² *Mac-Talla*, an t-Sultain 1, 1894, vol. 3, no. 9, t.d. 5.

'nuair bha e dìon 'oighreachd o 'naimhdein.¹⁷³ Bha ann cuideachd da sheann mhusgaid, aon còrr us ceud bliadhna dh' aois, 's te eile rinn a cuid fhéin gus an ruaig a chur air armailt Bhonipart ann am blàr Waterloo. A bharr air moran de nithean eile eadar còig fichead us naoi fichead bliadhna dh' aois; paidhir speuclair a rinneadh le gobhainn,¹⁷⁴ coinnlear iarunn, bocsna snaoisein, spàinean adhairc, sochd crainn-treabhaidh, cas chrom, cuigeal, cuidheal-shniomh, spliùchdan, &c. &c.¹⁷⁵

Bha a' mhòr-chuid de na h-innealan sin ceangailte ri mìlidheach no àiteachas. Tha an cùram a thug iad orra a' sealltainn an urraim a bh' aca air an sinnsearan. Tha am brà (a bh' aig Aonghas MacCuaig) agus na speuclairean a dh'ainmich iad a-nis san Glengarry Pioneer Museum ann an Dùn Bheagan. Anns an àireamh 15 Dùbhlachd 1894, lean an sgeul ann am *Mac-Talla* ag ràdh gun robh an co-thional an impis ris a' chàrn-chuimhne a chur suas san eaglais.¹⁷⁶ Bliadhna às dèidh sin, chaidh an òraid a lìbhrig an t-Urr. Niall Mac na h-Innse air Làtha na Nollaige sa

¹⁷³ Theireadh gun do bhuin am brà seo do dh'Uilliam Dubh MacCoinnich (bàs 1740), Iarla Shìophoirt, agus gun robh e air a chleachdadh rè Blàr Chinn t-Sàile, 1715 (dh'fhaodadh gun do thachair am blàr sin seachdain às dèigh Blàr Sliabh an t-Siorraim (14 Samhain 1715)). Thog an sinn-seanair Aonghais MhicCuaig am brà sin is thug e dhachaidh leis bhon bhlàr. Bha am brà an uair sin air a chleachdadh ann an cath-chuairt ann an Strascuile, Siorrachd Rois, 1719. Chaidh e mar dhìleab gu mac Dhòmhnail Bhàn MhicCriomain a thug e da nighinn na b' òige, Catherine, a bha pòsta ri Malcolm McCuaig. Thàinig iadsan gu Gleanna Garradh ann an 1802, is thug iad leotha am brà. Bu mhac Aonghas MacCuaig dhaibhsan. Tha am brà a-nis anns an Glengarry Pioneer Museum ann an Dùn Bheagan. Faicibh Jonathan D. McLennan, "The MacCrimmon Querns," *Glengarry Life*, no. 33 (1994): 17-20; agus David G. Anderson, "The Quest for the Queen's Quern," *Glengarry Historical Society Newsletter*, February 2001, vol. 31, no. 2 & 3.

¹⁷⁴ Bha na speuclairean seo air an cosg le Captain Iain "Gibraltar" Mac a' Phì (1760-1847) fhad 's a bha e na shaighdear rè Sèist Gibraltar eadar 1779 agus 1783. Ann an 1782, thàinig nàimhdean ann an cabhlach le 60 long a bha, cuid dhiubh, dìonta le craiceann caorach. Cha b' urrainn do pheilearan a' dol tromhpa. Smaoinich fear (tha cuid den bheachd gur e Mac a' Phì fhèin a bha e) air teas a chur ris na peilearan. Dheasaich iad panaichean, is theasaich iad peilearan gus an luaidh theth sin a losgadh ann an deuchainn. Bha iad soirbheachail san deuchainn, ach bha an teas is ceò a' cur dall air na saighdearan a bha a' losgadh nan gunnaichean. Sin an t-adhbhar airson nan speuclairean is gun robh iad air a dhèanamh le gobhann. Losg iad air na luing, is chaidh na luing nan teine. Chaidh an latha leotha. Faicibh Flora MacLeod Johnston, "GLASSES (one stem missing) used by CAPTAIN JOHN MACPHEE serving with the 71st Highland Scots regiment during the SIEGE OF GIBRALTAR, 1779-1783," làmh-sgrìobhainn, the Glengarry Pioneer Museum, Dunvegan, Ontario.

¹⁷⁵ *Mac-Talla*, an t-Sultain 15, 1894, vol. 3, no. 11, t.d. 7.

¹⁷⁶ *Mac-Tala*, an Dùbhlachd 15, 1894, vol. 3, no. 24, t.d. 7.

bhliadhna 1894 (nuair a chuir iad suas an càrn-cuimhne) fhoillseachadh ann an dà iris de *Mhac-Talla*.¹⁷⁷

4.3: Àiteachas: “Cuir do earbsa san talamh—cha d’ fhàg e falamh riamh thu”

Bha àiteachas pàirt mhòr de fhèin-aithneachadh Gàidheil Ghlinne Garraidh on a bha e na phrìomh-ghnìomhachas san t-siorramachd san naoidheamh linn deug. Sgrìobh Royce MacGilleBhràith gun robh am “family farm” gu math fada na “basic economic institution” ann an Gleanna Garradh.¹⁷⁸ Bha iomadh dreuchd obrach eile an crochadh ri àiteachas ann an Gleanna Garradh on nach robh ann gus na 1950an, a rèir MacGilleBhràith agus Eòghann Ros, ach trì gnìomhachasan eile stèidhichte ann an Gleanna Garradh: Munro and MacIntosh, J. T. Shell Co., agus Rayside and McArthur.¹⁷⁹ Mhìnich MacGilleBhràith agus Ros: “Thus the numbers and prosperity of our merchants, blacksmiths, school teachers, priests, ministers, doctors, lawyers, veterinarians, and even itinerant pedlars and beggars depended on the income of Glengarry’s farmers.”¹⁸⁰

¹⁷⁷ Niall Mac na h-Innse, “Oraid a liubhair an t-Ollamh Niall Mac-na-h-Innse, ann an Lochiall, Ontario,” *Mac-Talla*, an Dùbhlachd 7, 1895, vol. 4, no. 22, t.d. 2-3; Niall Mac na h-innse, “Oraid a liubhair an t-Ollamh Niall Mac-na-h-Innse, ann an Lochiall, Ontario,” *Mac-Talla*, an Dùbhlachd 14, 1895, vol. 3, no. 23, t.d. 1; Niall Mac na h-Innse, “An address delivered in St. Columba Church Lochiel on the 25th December 1894 at the Unveiling of a Tablet in Commemoration of the earliest Settlers in the Township of Lochiel,” làmh-sgrìobhainn, 1894, cruinneachadh prìobhaideach.

¹⁷⁸ MacGillivray, “Ralph Connor’s Glengarry,” 20.

¹⁷⁹ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 353-4. B’ e factaraidh charbadan a bh’ ann an Munro & McIntosh, factaraidh bhatharan fiodha a bh’ ann an J. T. Shell Co., agus gnìomhachas fiodhrach a bh’ ann an Rayside and McArthur.

¹⁸⁰ MacGillivray agus Ross, *A History of Glengarry*, 353.

Chithear sna naidheachdan a sgrìobh Gàidheil Ghlinne Garraidh gu *Mac-Talla*, gun robh àiteachas pàirt den bheatha làitheil aca. Bha Aonghas Òg (fear a bha na thuathanach fhèin) buailteach ri naidheachd a thoirt gu *Mac-Talla* mun aimsir, mun bhàrr, is mu stàid nam bailtean fearainn. San àireamh 21 Giblean 1894, dh'innis e:

Tha feur, fodar, 'sa h-uile seòrsa gràin glè phailt an so am bliadhna, agus ann am pris mheadhonaich mhath cuideachd. Ach tha na tuathanaich ag gearain air cho iosal 'sa tha pris nan each 'sa mhargadh. Tha moran siùcair us molasses air an deanamh 'sa choimhearsnachd so leis na tuathanaich am bliadhna. Tha an sneachda uile air falbh ach tha 'ghaoth a fuireach rud-eigin fuar fhatha[s]t.¹⁸¹

Thug e iomradh eile air an aimsir is àiteachas san àireamh 28 Màrt 1896 far an do sgrìobh e:

Bha aimsir gle fhuar agus fhiadhaich le cur sneachda agus cathadh bho thoiseach a mhios 'sa chaidh gu a so fathasd. Le cho fuar 'sa tha an t-side fuireach cha 'n fhaigh muinntir siùcar na coille a dheanamh cho tràth 'sa 's minic a rinneadh e. Tha gach ni gle phailt agus saor ann an so, ach feur agus fodar. Bha feur ga reic dusan dolair an tunna fad a gheamhraidh, ach tha e beagan na's saoire bho chionn seachdain air ais.¹⁸²

Bha e cumanta am measg Gàidheil Ghlinne Garraidh siorap mhalpais is siùcar a dhèanamh bho chraobhan-mhalpais on nach robh dòigh eile aca siùcar fhaighinn sna làithean tràtha.¹⁸³ B' e àm sòisealta a bh' ann cuideachd: bhiodh cruinneachaidhean aca le ceòl is dannsa nuair a dhèanadh iad *taffy*.¹⁸⁴

Aon turas, bha bàrr cho torrach ann gun deach iomradh air dà thuras ann am *Mac-Talla*. Chaidh innse, san àireamh 9 Samhain 1895, gun do “Bhuain Dughall Mac-a Mhaighstir, anns an

¹⁸¹ *Mac-Talla*, an Giblean 21, 1894, vol. 2, no. 39, t.d. 4.

¹⁸² *Mac-Talla*, am Màrt 28, 1896, vol. 4, no. 38, t.d. 4.

¹⁸³ Madeleine McCrimmon agus Donaldson R. MacLeod, *Lochinvar to Skye 1784-1987* (Lomor Printers, 1988), 499.

¹⁸⁴ McCrimmon agus MacLeod, *Lochinvar to Skye*, 499.

Lagan, tri fichead buiseal cruinneachd á pàirce anns ’n do chuir e da bhuisseal, a dheich urad fhichead ’sa chuir e.”¹⁸⁵ An uair sin ann an trì seachdainean, thug an t-Urr. Ruairidh MacLeòid iomradh air an aon bheartas. Dh’ainmich MacLeòid tuathanach eile san aon litir, fear Donnchadh MacCriomain, a chruithich inneal-taosgaidh a-mach à fiodh gus uisge a thoirt a-steach dhan t-sabhal aige:

Thug an tuathanach ceudna so air an Fhoghar so tromh mheadhon innleachdach a dh’ éirich ’na cheann fé[i]n air uisge a bha còrr is dà cheud troidh air falbh agus mu dheich troidhean fichead na b’isle na bàthach a chruith gus a bhi deiseal aig laimh na h-uile là troimh ’n gheamhradh a bhitheas e biathadh nan ainmhidhean. Is ann troimh phiob fhiodhla air a leigeil fodh’ ’n talamh a tha an t-innleachd so ag oibreachabh. Ma tha neach ’s am bith iarrtanach air min chùnntas fhaotainn air an innleachd so cuiridh Maighstir Mac Rimein thuige e, oir cha duine gu’n chùram mu thimchioll soirbheachaidh a cho-chreutair e.¹⁸⁶

Lìon Gàidheil Ghlinne Garraidh an litrichean le naidheachd a bha freagarrach is brìghmhor dhaibhsan.

4.4: Iomraidhean mìlidheach dùthchasachd agus iomraidhean mìlidheach os-bhoileach

A rèir Mìcheil Newton, ge b’ iad euchdan mìlidheach “features that had a long presence in Gaelic culture”, bha iad air am meudachadh gu “hyperbolized machismo” agus “magnified masculinity” airson a bhith a’ gabhail a-steach “external validation” bhon “dominant anglophone majority.”¹⁸⁷ Thionndaidh iomadh Gàidheil ri bhith a’ gabhail a-steach ìomhaighean Gàidhealach mar thartan (*tartanism*) agus iomraidhean mìlidheach a bha a’ cur an cèill (agus am

¹⁸⁵ *Mac-Talla*, an t-Samhain 9, 1895, vol. 4, no. 18, t.d. 7.

¹⁸⁶ Ruairidh MacLeòid, “Litir a Dunbheagain,” *Mac-Talla*, an t-Samhain 30, 1895, vol. 4, no. 21, t.d. 1.

¹⁸⁷ Newton, *Seanchaidh na Coille*, 78; Newton “Gaelic Organizations,” 68.

meud) dè cho fearail 's a bha iad.¹⁸⁸ On a bha iomraidhean mìlidheach stèidhichte ann an cultar nan Gàidheal bho thùs, dh'fhaodadh iomraidhean mìlidheach a' beantainn ri dùthchas nan Gàidheal (iomradh mìlidheach dùthchasachd) no, an caochladh, a' riochdadh miann airson aonta fhaighinn bho chultar na Beurla (iomradh mìlidheach os-bhoileach). Gun teagamh, bha cuid de Ghàidheil Ghlinne Garraidh builteach air iomraidhean mìlidheach os-bhuileach a dhèanamh.¹⁸⁹ Cha robh iomraidhean mìlidheach os-bhoileach a' nochdadh sna sgeulachdan no na litrichean a chuir Gàidheil Ghlinne Garraidh gu *Mac-Talla* ge-tà. B' ann mu dhèidhinn fealla-dhà a bha a' mhòr-chuid de na sgeulachdan, agus b' ann mu dhèidhinn sinnsireachd, àiteachas, a' Ghàidhlig, no *Mac-Talla* a bha a' mhòr-chuid de na litrichean. Mhìnich Newton nach robh "militaristic values" no "tartan imagery" an-còmhnaidh a' dol leis na "interests of the Geals as a distinct cultural and linguistic group."¹⁹⁰

A dh'aindheoin sin, bha iomraidhean os-bhuileach a' nochdadh ann am *Mac-Talla* ann an aithisgean mu rèisimeidean ann an Gleanna Garradh is Greater Glengarry. A' chiad dhiubh b' e iomradh bho litir a sgrìobh rèisimeid de shaor-shaighdearan ann am Bail' Ùr, Greater Glengarry, gu Morair Salisbury ag ràdh, "Cha ruig thu leas tàmh na h-oidhche a chall a thaobh a chuid so de Chanada. Cumaidh sinne na Geancaich air an crìochan fhèin, agus ma theid an cogadh èigheach theid againn air ar n-àireamh a dhùblachadh."¹⁹¹ B' ann mu dhèidhinn rèisimeide ùire a bha Gàidheil Ghlinne Garraidh an dùil ri thogail a bha an dàrna iomradh:

¹⁸⁸ Faicibh Newton, *Seanchaidh na Coille*, 68-78.

¹⁸⁹ Newton "Gaelic Organizations," 68; agus Newton, *Seanchaidh na Coille*, 450-2.

¹⁹⁰ Newton, *Seanchaidh na Coille*, 78.

¹⁹¹ *Mac-Talla*, an Dùbhlachd 28, 1895, vol. 4, no. 25, t.d. 5.

Tha Gaidheil Ghlinn-garaidh, an Ontario, a' cur mu dheidhinn réisimeid a thogail anns an t-siorrachd sin a bhios air a sgeadachadh 'san t-seann Deise Ghàidhealaich. Tha trì no ceithir de réisimeidean Gàidhealach ann an Canada cheana, agus tha iad air thoiseach air reiseimeidean eile na dùthcha anns gach dòigh. Tha sinn ro-thoilichte fhaicinn gu bheil siorrachd Ghlinn-garaidh dol a chur aon eile ris an àireamh. Cha'n eil ach aon ni eile bu mhò bheireadh de thoileachadh dhuinn, agus 'se sin réisimeid mhath Ghàidhealach fhaicinn ann an Ceap Breatunn, an aon chearna a's Gàidhealaiche de Chanada bho chuan gu cuan.¹⁹²

Chithear sna naidheachdan seo am fiughair a bha iad ri dhèanamh air an t-seann deise

Ghàidhealach agus an t-sealladh fearail a thug iad do leughadairean mun chomas aca crìochan Chanada a dhìon.

San iomradh-bàis a chunnacas shuas (ann an caibideil 4.1), bha Donnchadh MacDhiarmaid cuideachd air a chòmhrachadh mar shaighdear. San t-suidheachadh sin, tha e nas coltaiche gu bheil e a' riochdadh iomradh mìlidheach dùthchasachd. Bha Siorramachd Ghlinne Garraidh air a suidheachadh le saighdearan (mar Donnchadh fhèin) a bha dìleas don rìgh agus le teaghlaichean a dhèilig ri cruaidh-chasan rè linn Armach nan Geangach. Chaidh na ginealaichean às dèidh sin don Chogadh 1812, do dh'Armach Canada Àrd 1837, agus do Ruathar na Fèinne (1866-1871). Sgrìobh am fear-lagha is eachdraiche Iain Alasdair Dòmhnallach san leabhar *Sketches Illustrating the Early Settlement and History of Glengarry in Canada* (1893): "Little wonder that those who were nurtured by such mothers fought with desperation in 1812, and held in abomination the disseminators of republican and revolutionary doctrines whom four regiments from Glengarry turned out to suppress in 1837-8."¹⁹³ Ge b' e dè an t-seorsa de dh'iomradh a bh' ann (dùthchasachd no os-bhuileach) tha e cudromach ri faicinn

¹⁹² *Mac-Talla*, an Giblean 15, 1904, vol. 12, no. 21, t.d. 1.

¹⁹³ John Alexander MacDonell, *Sketches Illustrating the Early Settlement and History of Glengarry in Canada* (Belleville: Mika Publishing Company, 1984), 124.

gu bheil dà sheorsa ann agus, aig an aon àm, gun robh cogadh is strì pàirt den fhèin-aithneachadh Gàidheil Ghlinne Garraidh thar toiseach na siorramachd.

Caibideil 5: Co-dhùnadh

Ged a thuirte luchd-rannsachaidh, mar Royce MacGilleBhràith agus Eòghann Ros, nach robh cunntasan gu leòr anns a' Ghàidhlig bho dheireadh na naoidheamh linn deug is toiseach na ficheadamh linn deug gus sealladh eachdraidheil a chruthachadh mu chòir na Gàidhlig san àm ud, leis a bhith a' dol tro *Mhac-Talla*, chunnacas gu bheil cunntasan gu leòr ann bho Ghàidheil Ghlinne Garraidh fhèin gus an urrainnear barrachd ri ràdh mu stàid na Gàidhlig aig an àm sin. Bho na thug *Mac-Talla* am fradharc, dh'fhaodadh a ràdh gun robh a' Ghàidhlig aig ceann na naoidheamh linn deug aig Ìre 9, *Dormant*, ann an Lancaster agus Charlottenburgh Township agus aig Ìre 7, *Shifting*, no aig Ìre 8a, *Moribund* ann an Lochiel Township agus Kenyon Township a rèir tionndaidh de chlàr-tomhais beòthas chànanan a rinn Soillse de EGIDS (faicibh caibideil 2.3). Bha a' Ghàidhlig ann an Charlottenburgh is Lancaster Township mar shuaicheantas balbh de chultar nan Gàidheal is glè bheag air bilean an t-sluaigh, ach ann an Lochiel agus Kenyon Township bha i air a cleachdadh leis an t-seann ghinealach is cuid de na daoine òga thar fichead bliadhna a dh'aois. Tha am fiosrachadh sin ag aontachadh le cunntasan Beurla is an rannsachadh a thòisich Royce MacGilleBhràith, Eòghann Ros, agus Lachlann MacAonghais ag ràdh gun robh a' Ghàidhlig na bu làidire ann an cùl Dùn Bheagain san t-siorramachd.

Chaidh beagan feòil a bharrachd air cnamhan rannsachaidh a thòisich an t-Oll. Tèarlach Dunn, Lachlann MacAonghais, agus Micheal Newton a thaobh na Gàidhlig bho Ghàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla*. 'S urrainnear a ràdh a-nis cò bh' anns na daoine a sgrìobh na litrichean gu *Mac-Talla* bho Ghleanna Garradh gu deimhinn, agus tha beagan fiosrachaidh air a chruinneachadh mum beathannan. Leis a bhith a' toirt sùil fharsaing air a' chorpas de litreachas bho Ghàidheil Ghlinne Garraidh ann am *Mac-Talla*, chithear a-nis cuideachd na

ceanglaichean a bh' ann eadar na daoine ann an Gleanna Garradh agus na ceanglaichean a bh' ann eatorra agus Gàidheil na b' fharsainghe air feadh an t-saoghail.

Mar a tha cruth eadar-dhealaichte air gach àite far an do dh'imrich na Gàidheil, tha cruth eadar-dhealaichte air Gàidheil bho diofar àitean on a bha aca ri diofar fiosraichean is cruaidh-chasan a dh'fhuiling a rèir far an deach iad. Chaidh an snaidheadh ann an cruthan eadar-dhealaichte a rèir na fhiosraich iad. On a bhith a' leughadh an t-seanchais a bh' aig Gàidheil Ghlinne Garraidh bho *Mhac-Talla*, chunnacas gun do chuir iad cuideam air cuspairean a' beantainn ri dùthchas is an lùib sin ri sinnsireachd, aoigheachd, agus àiteachas. Ged a bha cuid de Ghàidheil Ghlinne Garraidh buailteach air iomraidhean mìlidheach os-bhoileach a sgaoileadh a-mach, bha iad cuideachd a' dèanamh iomraidhean mìlidheach dùthchasachd. Ach cha robh iomraidhean mìlidheach os-bhoileach a' nochdadh sna litrichean is sgeulachdan aca. Tha e cudromach ri cuimhneachadh gun robh cogadh is strì pàirt den dùthchas Gàidheil Ghlinne Garraidh -- daoine a sheas air iomadh raon ann an Aramach nan Geangach, Cogadh 1812, Aramach Canada Àrd, agus Ruathar na Fèinne.

Tha gach àite far an do dh'imrich na Gàidheil cudromach on is urrainnear barrachd fiosrachaidh a chruinneachadh mu na Gàidheil fhèin is barrachd tuigse fhaighinn air cò bh' unnta san fharsaingeachd. Dh'fhaodadh aon àite cleachdadh no traidisean a ghleidheadh na b' fheàrr is na b' fhaide na àite eile far an do shuidhich na Gàidheil, mar a ghlèidh Gàidheil Ghlinne Garraidh am prìomhachas aca air sinnsireachd. Cuideachd, ann an saoghal an latha an-diugh far a bheil a' Ghàidhlig a' seasamh air cois chugallach air feadh an t-saoghail, tha cunntasan mar na fir seo bho Ghleanna Garradh cudromach gus sealladh a thoirt do dhaoine ciamar a dh'fhaodadh a' Ghàidhlig a dhol à bith tro adhbharan taobh a-staigh na coimhearsnachd agus adhbharan taobh a-muigh na coimhearsnachd mar chion-foghlum, chion-spèis, agus chion-fearainn. Bidh an

seachas a bh' aig Gàidheil Ghlinne Garraidh cuideachail airson dàta cànanachais agus barrachd tuigse a thoirt dhuinne air brìgh nan Gàidheal.

Clàr-Leabhraichean

- Anderson, David G. “The Quest for the Queen’s Quern.” *Glengarry Historical Society Newsletter*, February 2001, vol. 31, no. 2 & 3.
- “An Old Glengarry Tale.” *The Glengarry News*, an t-Ògmhios 22, 1894, vol. 3, no. 21.
- Beaton, Angus Stephen. Làmh-sgrìobhainn. “Gaelic Songs.” *Angus Beaton Collection*, Nova Scotia Highland Museum.
- Blàrach, Donnchadh. *Mac-Talla*, an t-Ògmhios 11, 1892, vol. 1, no. 3.
- Bodachan a’ Ghàraidh. “Litir a Alba.” *Mac-Talla*, am Faoilleach 23, 1903, vol. 11, no. 15.
- Cashman, Ray. *Packy Jim: Folklore and Worldview on the Irish Border*. Madison: The University of Wisconsin Press, 2016.
- “Coloquial Gaelic.” *The Glengarry News*, an Cèitean 18, 1894.
- “Daoine a Phaigh.” *Mac-Talla*, 22 July 1893, vol. 2, no. 4.
- D. D. “Litir bho’n Chamus.” *Mac-Talla*, am Màrt 2, 1895, vol. 3, no. 35.
- D. M. E. “An Gaidheal’s am Fearann.” *Mosgladh*, an Giblean 1929, vol. 1, no. 2.
- Dumbrille, Dorothy. *Up and Down the Glens*. Toronto: Ryerson Press, 1955.
- Dunbar, Robert. “Gaelic Periodicals and the maintenance and creation of networks: Evidence from the Eastern Canadian Gàidhealtachd.” Ann an *Lìontan Lìonmhor: Local, National and Global Gaelic Networks from the 18th to the 20th Century*, deasaichte le Michel Byrne agus Sheila M. Kidd. Celtic & Gaelic, University of Glasgow, 2019.
- Dunn, Charles W. “Glengarry’s Gaelic Heritage.” *The Dalhousie Review*, vol. 42, no. 2 (1962): 193-201.
- “Gaidheil Ghlinn-Garaidh.” *Mac-Talla*, am Màrt 28, 1896, vol. 4, no. 38.
- Genealogical Record of Duncan McDermid. Làmh-sgrìobhainn. The Glengarry Pioneer Museum, Dunvegan, Ontario.
- Gobo, Giampietro agus Lukas T. Marciniak. “Ethnography.” *Qualitative research* 3, no. 15-34 (2011).
- Gould, Evelyn. Làmh-sgrìobhainn. “Descendants of Nancy Gillis.” Cruinneachadh prìobhaideach.

Grannd, R. I. “Litir Bheag a Ontario.” *Mac-Talla*, an t-Sultain 21, 1895, vol. 4, no. 9.

----- . “Litir Ghoirid.” *Mac-Talla*, an t-Iuchar 23, 1897, vol. 6, no. 4.

Henderson, George. *Dain Iain Gobha: The Poems of John Morison*. Glasgow: Archibald Sinclair, 1896.

Johnston, Flora MacLeod. “GLASSES (one stem missing) used by CAPTAIN JOHN MACPHEE serving with the 71st Highland Scots regiment during the SIEGE OF GIBRALTAR, 1779-1783,” làmh-sgrìobhainn, the Glengarry Pioneer Museum, Dunvegan, Ontario.

Linkletter, Michael. “The Alexander Maclean Sinclair Papers in NSARM.” *Scotia: Interdisciplinary Journal of Scottish Studies* 27 (2003): 6-21.

----- . “Two Satires, Three Men, and a Gaelic Newspaper: A Nineteenth-Century Tale.” *Ann an North American Gaels: Speech, Story, and Song in the Diaspora*, deasaichte le Natasha Sumner agus Aidan Doyle. McGill-Queen’s University Press, 2020. Kindle.

MacAonghais, Lachlann. *Gleann-a-Garaidh agus Gaidhlig Siar*. 1984.

Mac a’ Phearsain, Dan. “Litir a Lag an t-Slocain.” *Mac-Talla*, an Cèitean 1, 1903, vol. 11, no. 22.

Mac a’ Phearsain, Seonaidh Ailig, agus Mìcheal Linkletter. *Fògradh Fàisneachd, Filidheachd: An t-Urr. Donnchadh Blàrach (1815-1893) ann am Mac-Talla*. Sydney: Cape Breton University Press, 2013.

MacAskill, Malcolm. *Orain Chaluim*, deasaichte le Alick Morrison. Glasgow: Alexander MacLaren & Sons, 1970.

MacDhiarmaid, Dòmhnall. “Domhull a Chogaidh agus Ailein Tailleir.” *Mac-Talla*, an Lùnastal 11, 1894, vol. 3, no. 6.

----- . “Guth a “Baile-nam Mac”.” *Mac-Talla*, vol. 2, no. 41.

----- . “Nadar a’ Ghaidheil.” *Mac-Talla*, an Dàmhair 19, 1895, vol. 4, no. 15.

MacDhòmhnuaill, Alasdair. “Sloinnteachd.” *Mac-Talla*, an Màrt 16, 1895, vol. 3, no. 37.

MacDhòmhnuaill, Dòmhnall. “Ciod Iad Na Cunnartan?” *The Glengarry News*, an Dàmhair 3, 1905.

MacDonell, George Sandfield. “The Literary Aspect of the Keltic Settlement in the Counties of Stormont and Glengarry.” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. I. Montreal: W. Drysdale & Co. (1887): 122-33.

- MacDonell, Margaret. *The Emigrant Experience: Songs of Highland Emigrants in North America*. Toronto: University of Toronto Press, 1982.
- MacFheargais, Coinneach. “Oran Molaidh.” *Mac-Talla*, an Dàmhair 16, 1903, vol. 12, no. 8.
- MacFhionghain, Dòmhnall. “An Fheinn air a h-Uilinn.” *Mac-Talla*, am Faoilleach 3, 1901, vol. 10, no. 21.
- MacFhionghain, Eòin G. *Mac-Talla*, vol. 3, no. 9.
- MacGillivray, Royce. *The Dictionary of Glengarry Biography*. Alexandria: Glengarry Historical Society, 2010.
- . “Ralph Connor’s Glengarry: A Report on Glengarry.” *International Review of Scottish Studies*, 4 (1974).
- , agus Ewan Ross. *A History of Glengarry*. Belleville, Ont.: Mika Publishing Company, 1979.
- Mac’Illeasbuig, Iain. “Litir a Ontario.” *Mac-Talla*, an t-Samhain 14, 1902, vol. 11, no. 10.
- Mac’IlleMhaoil, Alasdair. “Ach a Dhomh’ill Mine Iain Duinn.” *Mac-Talla*, vol. 10, no. 29.
- . “Ach a Dhomhnuil mhic Iain duinn.” *Mac-Talla*, vol. 3, no. 26.
- Mac’IlleMhaoil, Aonghas. “A Ghailig an Gleann-a-Garraidh.” *Mac-Talla*, an t-Sultain 23, 1893, vol. 2, no. 13.
- . “Litir bheag a Gleann-a-Garraidh.” *Mac-Talla*, an Dàmhair 21, 1893, vol. 2, no. 16.
- . Litir gu Hamilton Mac’IlleMhaoil, 1898. Ann an “Nineteenth-century Gaelic Letter,” *An Naidheachd Againne* 28, no. 3 (Foghar 2012), <http://download.acgamerica.org/Newsletters/Naidheachd%202012-3.pdf>.
- . *Mac-Talla*, an t-Iuchar 29, 1893, vol. 2, no. 5.
- Mac’IlleMhaoil, Hamilton. “Gaidheil Charolina.” *Mac-Talla*, am Màrt 17, 1894, vol. 2, no. 34.
- MacInnes, John. “The Panegyric Code in Gaelic Poetry and Its Historical Background.” *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 50 (1976-1978): 435-98.
- MacLennon, John. “The Early Settlement of Glengarry.” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. I, Montreal: W. Drysdale & Co. (1887): 113-21.

MacLeòid, Ruairidh. “Fhir deasachaidh Mhic Talla.” *Mac-Talla*, vol. 2, no. 19.

----- . “Mo Thurus Do’n Ghaidhealtachd.” *Mac-Talla*, vol. 2, no. 34.

----- . “Sloinntireachd.” *Mac-Talla*, am Màrt 9, 1895, vol. 3, no. 36.

MacMhurachaidh, Dòmhnall. “A Bail’ an Tobair.” *Mac-Talla*, am Màrt 18, 1904, vol. 12, no. 19.

MacMillan, Donald N. *The Kirk in Glengarry*. Ste-Anne de Bellevue: Imprimerie Coopérative Harpell, 1984.

MacMillan, Elsie, Mary MacMillan, agus Hazel MacMillan Huckvale. *Butternuts and Maple Sugar: The History of the “Old 14th” of Lochiel*. Eastern Ontario Graphics Ltd., 1982.

MacMillan, Harold. Agallamh leis an ùghdar, an Giblean 17, 2017, clàradh, 33:05.

----- . Agallamh leis an ùghdar, an t-Ògmhios 19, 2017, clàradh, 34:52.

MacMillan, Somerled. *Bygone Lochaber*. Glasgow: K. & R. Davidson, Ltd., 1971.

MacNab, Archibald. “The Settlement of the Township of Lochiel, Glengarry.” *Transactions of the Celtic Society of Montreal*, vol. II, Montreal: W. Drysdale & Co., (1892): 44-59.

Mac na h-Innse, Niall. “An address delivered in St. Columba Church Lochiel on the 25th December 1894 at the Unveiling of a Tablet in Commemoration of the earliest Settlers in the Township of Lochiel.” *Làmh-sgrìobhainn*, 1894. Cruinneachadh prìobhaideach.

----- . “Oraid a liubhair an t-Ollamh Niall Mac-na-h-Innse, ann an Lochiall, Ontario.” *Mac-Talla*, an Dùbhlachd 7, 1895, vol. 4, no. 22.

----- . “Oraid a liubhair an t-Ollamh Niall Mac-na-h-Innse, ann an Lochiall, Ontario.” *Mac-Talla*, an Dùbhlachd 14, 1895, vol. 4, no. 23.

MacRuairidh, Iain. “Litir as an Eilean Sgiathanach.” *Mac-Talla*, an t-Sultain 16, 1893, vol. 2, no. 12.

Mactaggart, John. *Three Years in Canada: An Account of the Actual State of the Country in 1826-7-8, Comprehending Its Resources, Productions, Improvements, and Capabilities, and Including Sketches of the State of Society, Advice to Emigrants, &c.* Vol. 1. H. Colburn, 1829.

McCrimmon, Madeleine, agus Donaldson R. MacLeod. *Lochinvar to Skye 1784-1987*. Lomor Printers, 1988.

McLean, Marianne. *The People of Glengarry: Highlanders in Transition, 1745-1820*. Montreal: McGill-Queen's University Press, 1991.

McLennan, Jonathan D. "The MacCrimmon Querns." *Glengarry Life*, no. 33 (1994): 17-20.

Moireastan, Dòmhnall. "Sann fhuair mi sgeula na dunaich." *Mac-Talla*, an t-Samhain 2, 1895, vol. 4, no. 17.

----- . "S lium as duilich mar thachair." *Mac-Talla*, an Gearran 23, 1895, vol. 3, no. 34.

Mòr. "Litir a S. W. Margaree." *Mac-Talla*, an Giblean 3, 1897, vol. 5, no. 39.

Newton, Michael. "Gaelic Organizations in Nineteenth-and Early-Twentieth-Century Ontario." *International Review of Scottish Studies* 41 (2016).

----- . "In Their Own Words: Gaelic in North Carolina." *Scotia* 25 (2001): 1-28.

----- . *Seanchaidh na Coille Memory-Keeper of the Forest: Anthology of Scottish Gaelic Literature of Canada*. Sydney: Cape Breton University Press, 2015.

Neuman, Anne. "Interview with Anne Neuman in Glengarry Ontario." Agallamh le Siùsaidh Nic a' Mhaoilein Cains, an Lùnastal 22, 2019, fiolm, 29:50, <https://www.youtube.com/watch?v=o4BaLLeifNs>.

NicGilliosa, Anna. "Canada Àrd." *Mac-Talla*, am Màrt 18, 1903, vol. 11, no. 19.

----- . "Moladh Canada Àrd." *The Casket*, an t-Sultain 7, 1893.

----- . "Òran Luchd-Imrich." *Mac-Talla*, am Màrt 18, 1903, vol. 11, no. 19, t.d. 8.

NicIllEathain, Mairead. "O Siud an Taobh a Ghabhainn." Clàradh le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach agus Iain Seathach, *Tobar an Dualchais*, 1988, clàradh 1:57, <http://tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/104709>.

Nilsen, Kenneth E. "A' Ghàidhlig an Canada: Scottish Gaelic in Canada." *The Edinburgh Companion to the Gaelic Language*, deasaichte le Moray Watson agus Michelle MacLeod, 90-105. Edinburgh: Edinburgh University Press, 2009.

Ó Giollagáin, Conchur, Gòrdan Camshron, Pàdruig Moireach, Brian Ó Curnáin, Iain Caimbeul, Brian MacDonald, agus Tamás Péterváry. *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A Comprehensive Sociolinguistic Survey of Scottish Gaelic*. Aberdeen: Aberdeen University Press, 2020.

Palmer, Catherine. Post-d gu Anne Landin roinnte leis an ùghdar, an t-Ògmhios 12, 2017.

Rankin, Effie. *Às a' Bhràighe*. Sydney: Cape Breton University Press, 2005.

Rothach, Dòmhnall. “Litir a New Zealand.” *Mac-Talla*, am Faoilleach 18, 1896, vol. 4, no. 28.

Stacy, Robin Purser. “McMillan Hamilton.” *Inntrigte an Gearran* 1, 2021,
<https://www.ncpedia.org/biography/mcmillan-hamilton>.

UNESCO Ad hoc Expert Group on Endangered Languages. “Language Vitality and Endangerment.” International Expert Meeting on UNESCO Programme Safeguarding of Endangered Languages. Paris, 2003.

Mac-Talla, an Cèitean 1, 1892, vol. 1, no. 1.

-----, an Giblean 21, 1894, vol. 2, no. 39.

-----, an Cèitean 26, 1894, vol. 2, no. 44.

-----, an t-Ògmhios 2, 1894, vol. 2, no. 48.

-----, an t-Sultain 1, 1894, vol. 3, no. 9.

-----, an t-Sultain 15, 1894, vol. 3, no. 11.

-----, an t-Samhain 17, 1894, vol. 3, no. 20.

-----, an Dùbhlachd 1, 1894, vol 3, no. 22.

-----, an Lùnastal 31, 1895, vol. 4, no. 8.

-----, an t-Sultain 21, 1895, vol. 4, no. 11.

-----, an t-Samhain 9, 1895, vol. 4, no. 18.

-----, an Dùbhlachd 28, 1895, vol. 4, no. 25.

-----, an Gearran 22, vol. 4, no. 33.

-----, am Màrt 28, 1896, vol. 4, no. 38.

-----, an Cèitean 20, 1896, vol. 4, no. 47.

-----, an t-Iuchar 4, 1896, vol. 5, no. 1.

-----, am Màrt 6, 1897, vol. 5, no. 35.

-----, an Cèitean 22, 1897, vol. 5, no. 46.

-----, an t-Samhain 19, 1897, vol. 6, no. 21.

-----, am Faoilleach 20, 1899, vol. 7, no. 26.

-----, an t-Sultain 1, 1899, vol. 8, no. 8.

-----, an t-Samhain 13, 1902, vol. 11, no. 10.

-----, an Giblean 3, 1903, vol. 11, no. 20.

-----, an Giblean 15, 1904, vol. 12, no. 21.